SUIM

AN

Teagaisg Chriosd,

Air a thionndadh o bheurla Ard-Easbuig Bhutler, gu Gaelic,

LE

TORMAID DONULLACH;

AGUS

AIR A CHUIR A MACH, LE ORDUGH EASBUIG CAITLICEACH SGIREACHD ARICHAT.

"Leigibh leis a chloinn bhig, tighinn a m'ionnsuidh, agus na bacaibh iad: oir as ann da'n leitheidean sin, a tha rioghachd Dhe."—MARC. X. 14.

"Si so a Bheatha mhaireannach, eolas a bhi aca ortsa, an t-aon Dia fior, agus air Iosa Criosd, a chuir thu 'uat.—EOIN XVII.

PERMISSO SUPERIORUM.

PICTOU, N. S.:
CLO-BHUAILTE LE S. H. HOLMES,
1862.

†

An ainm an Athar, agus a Mhic, agus a' Spioraid Naoimh. Amen.

URNUIGH AN TIGHEARNA.

AR n' Athair a tha air neamh, gu'm bu naomh a bhios t-ainm; gu'n d'thigeadh do rioghachd; gu'n dianair do thoil air talamh mar tha's ga deanamh air neamh. Thoir dhuinn an diugh ar n'aran latheil; math dhuinn ar fiachan mar mhathas sinne do luchd ar fiach; 'sna leig ann am buaireadh sinn; ach saor sinn o'n olc. Amen.

AM BEANNACHADH MOIRE.

BEANNAICHEAR dhut a Mhoire, tha thu lan dhe na grasan; tha 'n Tighearna maille riut; 's beannaichte thu measg mhna; 's beannaichte toradh do bhronn, Iosa. A naomh Mhoire Mhathair Dhe, guidh air ar sonne na peacaich, a nis, agus aig uair ar bais. Amen.

A CHREUD.

CREIDEAM ann an Dia an t-Athair Uile-chumhachdach, Cruthadair neamh agus talamh. Agus ann an Iosa Criosd, aon Mhac-san ar Tighearna; a ghineadh leis a Spiorad Naomh; a rugadh le Moire Oigh; a dh'fhuilig fo Phontus Pilat; a cheusadh; a fhuair bas; a thiodhlaiceadh; a chaidh sios do dh'ifrionn; a dh'eirich an treas latha o na mairbh; a chaidh suas air neamh; a tha 'na shuidhe air deas-laimh Dhe an t-Athair Uile-chumhachdach; as a sin a thig e ithisd, a thoirt brethanas air bheo agus air mhairbh. Creideam anns an Spiorad Naomh;

an Eaglais Naomh Chaitliceach ; co-chomunn na Naomh ; Mathanas nam peacannan, Aiseirigh na colunn, 'sa' bheatha shiorruidh. Amen.

AN T-AIDEACHADH.

THA mi 'g aideachadh do Dhia Uile-chumhachdach, do naomh Moire bha riamh 'na h-Oighe, do naomh Micheal an t-Ard-aingeal, do naomh Eoin Baiste, do na naoimh Ostail Peadar agus Pol, 's do na naoimh uile ('s dhuibhse Athair) gu 'n do pheacaich mi gu trom, le m' smaointein, le m' bhriathran, le m' ghniomhan, le m' choire fhein, le m' choire fhein, le m' mhoir choire fhein. Guidheam air an aobhar sin, air naomhMoire bha riamh na h-Oighe, air naomh Micheal ant-Ard-aingeal, air naomh Eoin Baiste, air na naoimh Ostail Peadar agus Pol, 's air na naoimh uile, ('s oirbhs' Athair) urnuigh a dheanamh ris an Tighearna Dia air mo shon. Amen.

FAILT AN AINGEIL.

LABHAIR an t-Aingeal ri Moire, agus ghabh ise leis a' Spiorad Naomh. Beannaichear dhut a Mhoire, &c.

Is mise bean-mhuinntir an Tighearna ; biodh e dhomh a reir 's mar a thuirt thu. Beannaichear dhut a Mhoire, &c.

Ghabh a' Facal nadar daonda : 's rinn e comhnuidh 'nar measg. Beannaichear dhut a Moire, &c.

GUIDHEMID.

A THIGHEARNA, doirt do ghrasan 'nar cridheachan, air chor 's mar fhuair sinn fiosrachad le teachdaireachd aingeil, air do Mhac Iosa Criosd a ghabhail nadar daonda, gu'm buannaich s nn, as leth a phais agus a cheusaidh, gloir na h-aiseirigh : tro Iosa Criosd ar Tighearna.

GNIOMHAN AITHREACHAIS, CREIDBAMH, DOCHAIS, AGUS GRAIDH.

Urnuigh.

O DHIA shiorruidh Uile-chumhachdaich, thoir dhuinn leasachadh creideamh, dochais, agus graidh; agus gus gu'n toillamid greim fhaotinn air na nichean a tha thu gealltainn duinn, thoir dhuinn gaol air na nichean a tha thu 'g aithneadh oirnn as leth Iosa Criosd ar Tighearna. Amen.

GNIOMH AITHREACHAIS.

O MO Dhia, dha bheil mi toirt gaoil os cionn gach ni, 's duillich leam o ghrunnd mo chridhe, gu'n chuir mi mithlachd riamh ort le m' pheacannan; agus le comhnadh do ghrais tha mi cuir romham as a so suas, gu'n seachainn mi gu ro-churamach na h-uile peacadh, agus na h-uile ceann-aobhair peacaidh.

GNIOMH CREIDEAMH.

THA mi creidsinn gu daingean gu bheil aon Dia ann; agus gu bheil anns an aon Dia so tri pearsanan an t-Athair, a Mac, agus a' Spiorad Naomh. Gu na ghabh a Mac nadar daonda air giulan na h-Oighe Moire, le cumhachd an Spiorad Naoimh; gu 'n d' fhuilig e pais agus bas air ar son anns an nadar dhaonda sin; gu'n d' eirich e rithisd o'n bhas; gu'n deach e suas air neamh; 's gu'n d' thig e as a sin a rithisd, a thoirt gloir shiorruidh do na daoine diadhaidh, agus pian shiorriudh do na daoine midhiadhaidh. Thuilleadh air sin, tha mi creidsinn gach aon ni tha 'n Eaglais Naomh Chaitliceach a cuir mam' choinneamh, a chionn gu'r e Dia an fhior fhirinn nach urrainn mealladh, na bhi air a mhealladh, a shoillsich gach firinn d'i.

GNIOMH DOCHAIS.

O MO Dhia, 'a chionn 's gu bheil thu uile-chomasach, uile-throcaireach, agus uile-mhathasach, tha mi 'n earbsa gu'n d' thoir thu mathanas domh 'nam' pheacannan, as leth toillteanais, do Mhic Iosa Criosd, agus gu'n cuidich thu mi led' ghrasan gu gniomhan math a dheanamh, leis an coisinn mi a bheatha mhaireannach, a tha thu gealltainn duinn anns na flaitheas.

GNIOMH GRAIDH.

O MO Dhia, o na tha thu uile-mhath annad fhein, agus uile-mhathasach dhomhsa, tha mi toirt gaoil dut th'air gach ni, le m' uile chridhe, le m' uile anam, le m' uile inntinn, agus le m' uile neart; agus air son do ghaoil-sa tha mi deonach dealachadh ris na h-uile ni a raoghainn air thusa chall leis a pheacadh.

GNIOMH CARRANTACHD.

O mo Dhia, a tha cho gaolach air a chinne dhaonda, a chionn gu'n chruthaich thu mo chomhearsnach ri' t-iomhaigh fhein, gu bheil goal agads' air, agus gu'n deach a cheannach le fuil Iosa Criosd; si mo thoil gaol a thoirt dham' chomhearsnach mar dhomh fhein, a reir ordugh naomh do lagha. Om' chridhe tha mi toirt mathanas do na h-uile aon a chuir corruich riamh orm; agus mar tha mo dhuil fhein ri mathanas, si' m' achanaich gu'n ruigeadh gach duine air grasan trocair agus sabhaladh siorruidh.

I. LEASAN.

Mu Dhia agus Cruthachadh an t-saoghail.

CEIST. Co chruthaich an saoghal?

FREAGAIRT. Chruthaich Dia.

C. Co e Dia?

F. Cruthadair neamh agus talamh, agus ard-Thighearna air gach ni.

C. Co lion Dia ann?

F. Cha 'n 'eil ann ach an aon Dia, a bheir gloir shiorruidh do na daoine diadhaidh, agus pian shiorruidh do na daoine mi-dhiadhaidh.

C. C' aite a bheil Dia?

F. Anns na h-uile aite, ach gu h-araid air neamh, far a bheil e ga thaisbeinadh fhein don' mhuinntir bheannaichte.

C. Ciod e neamh?

F. Rioghachd gloirmhor Dhe agus ionad comhnuidh na' naomh 's nan aingeal.

C. Ma tha Dia anns gach aite, c'arson nach fhaic sinn e?

F. A chionn gu'r spiorad fior ghlan e, aig nach 'eil colunn, agus nach gabh faicinn le suilean corporra.

C. A faic Dia sinn?

F. Chi; agus tha e'n conaidh ri faire mu'n cuairt d'uinn.

C. A bheil fios aig Dia air na h-uile ni?

F. Tha; *tha gach ni soilleir 'na shuilean, eadhon smaointeinan diomhair ar cridhe.*—(Eabh. iv. 13.)

C. An d' thoir Dia breth air smaointeinan diomhair ar cridhe?

F. Bheir; *agus oir an latha fo dheireadh, bheir Dia brethanas air gach facal diamhain a labhras clann-daoine.*—(Mata. xii. 36.)

C. An robh tus aig Dia?

F. Cha robh; tha e gu'n tus, 's gun chrioch.

C. An urrainn Diā na h-uile ni dheanamh?

F. 'S urrainn; *tha gach ni comasach dha.*—(Mata. xix. 26.)

C. Ce mar a chruthaich Dia an saoghal?

F. As a neoni, agus le fhacal amhain, se sin, shonruich a thoil gu'm biodh an saoghal ann agus bha e ann.

C. C'arson a chruthaich Dia an saoghal?

F. Airson a ghloir fhein, gu chumhachd agus a ghliocas fheuchainn, agus air son math an duine.—(Sailm xviii).

II. LEASAN.

Mu'n duine agus aobhar a chruthachaidh.

C. Ciod e'n duine?

F. Creutair, le anam agus colunn, air a chruthachadh ri iomhaigh Dhe.

C. Ciod anns a bheil an duine coltach ri Dia?

F. 'Na anam.

C. Ce mar tha 'n t-anam coltach ri Dia?

F. Le bhi na spiorad neobhas'or, a dh' fhaodas eolas a ghabhail air Dia, agus gaol a thoirt da.

C. Ce mar tha 'n t-anam neo-bhas'or?

F. Le bhi na spiorad nach faigh bas gu siorruidh.

C. C'arson a thug Dia anam dhuinn, comasach air eolas a ghabhail air fhein, agus gaol a thoirt da?

F. Gus gu 'n colionamid am beachd a bh'aig Dia ga'r taobh, 'nuair a chruthaich e sinn.

C. Ciod am beachd a bh'aig Dia ga'r taobh, 'nuair a chruthaich e sinn?

F. Eolas a ghabhail air fhein, a sheirbheis a dheanamh air talamh, agus 'an deigh na beathsa, fhaicinn agus a shealbhachadh gu siorruidh ann a' flathanas.

C. Ce mar a gheibh sinn eolas air Dia air talamh?

F. Le ionnsachadh na firinn a theagaisg e fhein.

C. C' aite a' faigh sinn suim na firinn a theagaisg Dia?

F. Gheibh sinn gu h-araid e ann an Creud nan Ostal.

III. LEASAN.

Mu Creud nan Ostal.

C. Ciod a tha air a chuir sios 'an Creud nan Ostal?

F. *Misteirean* araid ar creideamh, agus puincean riatanach eile.

C. Ciod iad *Misteirean* araid ar creideamh?

F. Aonachd agus Trionaid Dhe, Daondachd, Bas, agus Aiseirigh ar Slanair.

C. C'arson a theirar *misteirean* araid riutha?

F. A chionn gu feum sinn creidsinn gu coimhlionta annta, agus a chionn gu bheil gach *mistiri* eile creideamh air an steidheachadh orra.—(Eoin xviii. 3.)

C. Ciod a tha thu tuigsinn le *misteirean* creideamh?

F. Gach firinn a thaisbein Dia, os cionn ar tuigse.

C. A bheil Dia cuir mar fhiachan oirnn, *misteirean* a chreidsinn?

F. Tha; tha e 'g iarraidh oirnn ar tuigse agus ar toil, a shriochdadh dha anns na h-uile ni.—(Rom. x. 10.)

C. Ce mar a shriochdas sinn ar tuigse do Dhia?

F. Le creidsinn gu daingean 'na fhacal: gach ni a thaisbein e, cho fad 's gam faod sin a bhith os cionn ar tuigse.

C. Ce mar a shriochdas sinn ar toil do Dhia?

F. Le gach ni dheanamh gu toileach, mar umhlachd do Dhia, a tha esan ag aithneadh oirnn.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le aonachd Dhe?

F. Nach 'eil ann ach an aon Dia, agus nach urainn an corr Dhiathan a bhi ann.

C. C'arson nach urrainn an corr Dhiathan a bhi ann?

F. Air do Dhia, a bhi na ard-Thighearna air gach ni, cha 'n urrainn a leitheid eile a bhi ann.

IV. LEASAN.

Mu'n Trionaid, agus Daondachd ar Slanair.

C. Co lion pears' ann an Dia?

F. Tri pearsanan diadhaidh, dealaichte 'am pearsuinn, agus ionnan anns na h-uile ni.

C. C' ainm a their thu ris na tri pearsanan diadhaidh?

F. An t-Athair, a Mac, agus a Spiorad Naomh

C. An Dia an t-Athair?

F. S'eadh; agus a cheud phears' dhe'n Trionaid bheannaichte.

C. An Dia a Mac?

F. Seadh; agus an darna pears' dhe'n Trionaid bheannaichte.

C. Au Dia an Spiorad Naomh?

F. Seadh; agus an treas pears' dhe'n Trionaid bheannaichte?

C. Ciod a tha thu tuigsinn leis an Trionaid bheannaichte?

F. Aon Dia ann an tri pearsanan diadhaidh.

C. A ne tri Diathan iad sin?

F. Cha 'n eadh; cha 'n 'eil annta ach an aon Dia, aig nach'eil ach an aon nadar diadhaidh; agus tha iad ann o shiorr'achd.

C. A bheil aon do na tri pearsanan diadhaidh na's cumhachdaich', no na's glic' nan aon eile?

F. Cha 'n 'eil; mar nach eil anns na tri pearsanan ach an aon Dia, feumaidh iad a bhi ionnan anns gach buaidh dhiadhaidh; air an aobhar sin, cha 'n urrainn a h-aon diu' a bhi na's cumhachdaich', no na's glic' nan aon eile.

C. Na ghabh aon do na tri pearsanan diadhaidh nadar daonda air fhein?

F. Ghabh Dia a Mac an darna pears' dhe'n Trionaid bheannaichte.—(Eoin. i. 10.)

C. Ce mar a ghabh Dia a Mac, nadar daonda?

F. Ghineadh e leis a' Spiorad Naomh, agus rugadh e leis an Oighe Moire. (Creud nan Ostal.)

C. Ce mar a their thu gun' ghineadh Dia a Mac, leis a Spiorad Naomh?

F. Tha; gun' ghabh e air fhein nadar daonda, se sin, anam agus colunn coltach ruinne, le *cumhachd agus le oibreachadh a' Spioraid Naoimh.*

C. C' aite na ghabh Dia a Mac air fhein, anam agus colunn coltach ruinne?

F. Air ghiulan na h-Oighe Moire, *agus rugadh e na Mhac dh'ise.*

C. C'ainm a their thu ri Dia a Mac, a ghabh nadar daonda?

F. Iosa Criosd.

C. Ciod an seadh a th' aig an fhacal, *Iosa Criosd?*

F. Tha *Iosa* a ciallachadh Slanair, agus *Criosd* aon ungta le ola; agus tha 'n t-Ostal Pol ag ra, *lubadh gach glun ann an ainm Iosa.*—(Phil. ii. 10.)

C. An robh Iosa Criosd 'na Dhia, an deigh dha nadar daonda a ghabhail?

F. Bha; bha Iosa Chriosd daonnan na Dhia.

C. An robh Iosa Criosd daonnan na dhuine?

F. Cha robh: ach o'n am a ghabh e air fhein nadar daonda.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le Daondachd ar Slanair?

F. Gun' ghabh Dia a Mac, an darna pears' dhe'n Trionaid bheannaichte air fhein anam agus colunn.

C. Ciod a tha thu tuigsinn mu Iosa Criosd?

F. Gur fior Dhia agus fior dhuine e.

C. C'arson a ghabh Criosd air fhein, colunn agus nadar daonda?

F. Gu sinne a shaoradh o'n pheacadh, 'sa shabhaladh o ifrionn.

C. Ce mar a shaor agus a shabhail Criosd sinn?

F. Le fhulangas agus le bhas air a chrois.

C. Am b' ann le fhulangas agus le bhas, a riaraich Criosd ceartas De air son ar peacannan?

F. 'S ann; agus a shaor e sinn o ifrionn, 's o chumhachd an Diabhail.

V. LEASAN.

Mu'r ciad Pharantan.

C. Ce mar a thachair dhuinne tighinn fo chumhachd an Diabhail?

F. Le as-umhlachd ar ciad pharantan 'nuair a dh' ich iad dhe'n mheas a bh' air a thoirmeasg d'aibh.—(Gin. 11. 3.)

C. Co iad ar ciad pharantan?

F. Adhamh agus Eubh.

C. C'arsôn a thoirmisg Dia a meas ga'r ciad pharantan?

F. Gu fheuchainn d'aibh gu'm b'esan a b'ard-uachdaran orra, agus gu'm be an taic; agus gus an umhlachd a dhearbhadh.

C. Co a bhuair ar ciad pharantan gu iche mheas?

F. An Diabhal aig an robh farmad ri'n staid shona.—(Gin. iii.)

C. Co ris a their thu an diabhal?

F. Ri aon do na spioraid mhollaichte a thilg Dia a'mach a' flathanas.

C. Co iad na h-aingeil?

F. Spioraid fhior-ghlan aig nach eil coluinnean a chruthaicheadh gu aoradh a thoirt do Dhia 's gu shealbhachadh ann a' flathanas.

C. An deach 'na h-aingeil a chruthachadh air son aobhar sam bith eile?

F. Chaidh; gu freasdal a' fianuis na Cathrach, 's gu seirbheis De a dheanamh ann; agus chuireadh gu tric iad air theachdaireachd o Dhia gu daoine; tha iad cuideachd air an orduchadh gu faire a

chumail oirnn.—(Eabh. i. 7 ; Mata iv. 6. ; xviii 10.)

C. C'arson a chaidh aingeil sam bith a thilgeadh a mach a' flathanas?

F. Chionn gu'n d'eirich iad *le'n uabhar an* aghaidh Dhe.—(Isiah. xiv.)

C. An d' thug Dia peanas sam bith eile air na spioraid uai'reach ?

F. Thug ; dhit e iad do dh' ifrionn, gu pian shiorruidh.

C. C'arson a chruthaich Dia ifrionn ?

F. Gus na deamhuin, no na droch aingeil a phianadh.

C. A bheil feadhainn sam bith eile air an diteadh do dh' ifrionn, ach na deamhain no na droch aingeil ?

F. Tha ; tha iadsan uile air an diteadh do dh' ifrionn, a tha fagail na beath-sa 'an naimhdeas do Dhia, fo chuing peacaidh bais.

C. An urrainn neach 'sam bith tighinn a' ifrionn ?

F. Cha 'n urrainn ; a chionn *cha 'n 'eil sabhaladh 'an ifrionn.*

C. Ciod an duais a thug Dia do na h-aingeil a sheas dileas ?

F. An daingneachadh gu siorruidh ann an gloir.

VI. LEASAN.

Mu'n Pheacadh Ghin.

C. Ciod am peanas a leag Dia air ar ciad pharantan as leth an as-umhlachd ?

F. Chaidh a sgiursadh a mach a garadh Eden, chaill iad an ciad-choir agus staid na neo-chiontais, agus chaidh binn a bhais a thoirt 'nan aghaidh f hein, agus 'an aghaidh an sliochd gu brach.

C. Na leag Dia peanas sam bith eile air ar ciad pharantan ?

F. Leag; thug e uatha an uile choir air flathanas, maille ri iomadh mathas eile a bh' aige feitheamh orra.

C. Ciod a mathas araid a bh' aig Dia a feitheamh air ar ceud pharantan?

F. Sonas buan, nam biodh iad air fuireach dileas dha.

C. An deach a bhinn cheudna a thoirt 'nar n' aghaidh-ne?

F. Chaidh; phartuich sinn uile ann am peacadh agus 'am peanas ar ciad pharantan; mar a phartuichamid uile na' neo-chiontas agus 'nan sonas nam biodh iad air fuireach dileas do Dhia. —(Rom. v. 12.)

C. C'ainm a their thu ri peacadh ar ciad pharantan?

F. Peacadh Gin.

C. Ciod e' m peacadh gin?

F. Am peacadh a shealbhaich sinn o'r ciad pharantan, agus anns na ghineadh *'san d' rugadh sinn 'nar clann feirge.*—(Ephes. ii. 3.)

C. C'arson a theirar peacadh gin ris?

F. A chionn gu 'n d' fhuair sinn e nuas o'r ciad pharantan, thainig sinn ionnsuidh an t-saoghail air ar truailleadh leis, agus a chionn gu'r e toiseach agus ceann-aobhair gach uile agus truaighe a thainig oirnn.—(Rom. v. 12.)

C. Ciod an tuilleadh coire a rinn peacadh ar ciad pharantan oirnn?

F. Thruaill e ar nadar uile, dhorchnuich e ar tuigse, lagaich e ar toil, agus chlaon e gu laidir sinn gu' olc.

C. Ciod an reusan gu bheil dorchadas 'nar tuigse, laigse 'nar toil, agus claonadh gu olc a fuireach annsin, maille ri iomadh truaighe eile, an deigh do 'n' pheacadh ghin a bhi air a mhathadh?

F. Gu bhi na mheadhain sabhalaidh dhuinn, le smachdachadh ar n' anamiannan, agus le giulan gu faighidneach trioblaidean na beath-sa.

VII. LEASAN.

Mu Iosa Criosd.

C. Na ghabh Criosd air fhein nadar daonda, cho luath 'sa thuit ar ciad pharantan ?

F. Cha do ghabh ; ged a chaidh a ghealltainn daibh 'san am, mar Shlanair.--(Gin. iii. 15.)

C. Ciod an uine a bh' eadar peacadh Adhamh, agus Criosd a ghabhail colunn dhaonda ?

F. Mu'n cuairt do cheitheir mille bliadhna.

C. Ce mar a bha iadsan sabhailte, a bh' ann ro' theachd Chriosd ?

F. Le creidsinn ann a' Slanair ri tighinn, agus le cumail fainntean De.

C. Ciod an latha air na ghabh Criosd nadar daonda ?

F. Air a chuig-la-fichead don' mhart, latha Moire na Teachdaireachd. *Chaidh a ghineadh leis a' Spiorad Naoimh.*—(Chreud.)

C. C'arson a theirar latha Moire na Teachdaireachd ris ?

F. A chionn gur ann air an latha ud, a thainig an t-Aingeal Gabriel gu Moire, 'sa dh' innis e dh'i, *gu'n gabhadh i air a giulan, agus gu'm biodh Mac aice, agus gu'n d' thugadh i Iosa a dh'ainm air.*—(Lucas i. 31.)

C. Ciod an latha air an d' rugadh Criosd ?

F. Air atha Nollaig, ann a' stabull 'am baile Bhetlem.

C. Co lion bliadhna a dh'fhan Criosd air talamh ?

F. Mu'n cuairt do thri-blian-deug-ar-fhichead, bha chaithe beatha naomh, ann am bochduinn agus 'an trioblaid mhor.

C. C'arson a dh' fhan Criosd cho fad air talamh ?

F. Gus an t-slighe do fhlathanas fheuchainn d'uinn le theagasg agus le shamhla.

C. Ciod am bas a fhuair Criosd ?

F. *Chaidh a cheusadh* air Dihaoine-na-ceusda, air bein Chalbhari, *far an d' fhuair e bas*, air a thairneadh ris a chrois.—(Chreud.)

C. Ciod a tha bas piantail agus maslach na crois a feuchainn d'uinn ?

F. Anabharr gaoil Chriosd, agus na rinn 's na dh' fhuilig e air ar son.

C. Co dhit Criosd gu bas cho piantail ?

F. *Pontus Pilat*, an t-uachdaran Romanach, air iarratas nan Iudhach.

C. Ciod a tha bas agus fulangas Chriosd a taisbeineadh dhuinn ?

F. Oillteallachd a pheacaidh, a ghrain a th'aig Dia air, agus an riatanas a th' air dioladh air a shon.

C. Na thachair ni sam bith comharraichte aig bas Chriosd ?

F. Thachair ; *thainig dorchadas air a ghrein, chrith an talamh, dh' eirich na mairbh agus nochdadh iad do mhoran.*—(Mata xxvii.)

VIII. LEASAN.

Mu Chriosd dhol sios do dh' Ifrionn, Aiseirigh 'sa dhol suas gu Neamh.

C. C'aite an deach' anam Chriosd an deigh a bhais ?

F. Chaidh e sios do dh' ifrionn.—(Chreud.)

C. An ann do dh' ifrionn nan deamhan a chaidh anam Chriosd ?

F. Cha'n ann ; chaidh e sios do Limbo, ionad comhnuidh nan aithrichean naomh.—(Gin. ii. 24, 27 ; Sailm xv. 10.)

C. Co iadsan a bha Limbo ?

F. Anamainean nan creideach a fhuair bas ro' thighinn Chriosd.

C. C'arson a chaidh Criosd sios do Limbo ?

F. Tha'n t-Ostal Peadar ag ra, *gu'n deach' e theagasg do na spioraid a bh' ann am priosan ;* se sin, gu'n deach e pearsanta a dh' innse dhaibh

gu'n robh uair an saorsinn air teachd.—(Peadar iii. 19.)

C. C'arson nach deach' anamainean nan creideach a fhuair bas ro' thighinn Chriosd, do fhlathanas 'sa mhionaid 'an deigh am bais?

F. A chionn gu'n robh flathanas air a dhunadh 'nan aghaidh le peacadh ar ciad pharantan, agus cha b'urrainn ni sam bith fhosgladh dhaibh, ach bas Chriosd.

C. C'uin a chaidh anamainean nan creideach a fhuair bas ro' thighinn Chriosd do fhlathanas?

F. 'Nuair a chaidh Chriosd suas gu neamh.

C. C'aite an robh Corp Chriosd fhad 'sa bha anam a' Limbo?

F. Anns an uaighe.

C. Ciod an latha air na dh' eirich Chriosd o na mairbh?

F. Air Didonaich-Casg, *an treas latha 'an deigh a bhais, dh'eirich Criosd o na mairbh, gloirmhor agus neo-bhas'or.*

C. Ciod a tha aiseirigh Chriosd a dearbhadh?

F. Le bhas air a chrois, dh' fheuch e gu'm b fhior dhuine e, agus le eiridh o na mairbh, dhearbh e gu'm b' fhior Dhia e.

C. Ce fhad 'sa dh' fhan Criosd air talamh an deigh aiseirigh?

F. Da-fhichead latha, a dh' fheuchainn gu'n robh e gu cinnteach air eiridh o na mairbh, agus gus na h-ostail a theagasg.

C. C'aite an deach' Criosd da-fhichead latha an deigh aiseirigh?

F. *Chaidh e suas do fhlathanas*, eadar anam agus choluinn, o mhullach bein *Olibheit*, air Dirdaoin Deas-ghabhail.—(Chreud.)

C. C'aite a bheil Criosd air neamh?

F. *Na shuidhe air deas-lamh Dhe, an t-Athair uile-chumhachdach.*—(Chreud.)

C. Ciod a tha thu tuigsinn le ghra, gu bheil Criosd 'na shuidhe air deas-lamh Dhe?

F. Gu bheil Criosd mar Dhia, co-ionnan ri Athair anns na h-uile ni; agus mar dhuine gu bheil e 'san aite a's f haisge air Athair 'an cumhachd 'san gloir.

C. Ciod a gheall Criosd dha chuid Ostal, mu'n deach' e suas do f hlathanas?

F. Gu'n cuireadh *e nuas a' Spiorad Naomh dan' ionnsuidh, a theagasg dhaibh gach uile f hirinn; agus gu bhi maille riu' gu deireadh an t-saoghail.*—(Eoin xiv. 16.)

IX. LEASAN.

Mu Thuirlin a' Spioraid Naoimh, an Lagh Nuadh, agus Comharradh na crois.

C. Ciod e'n latha, agus 'de an doigh 'san d' thainig a' Spiorad Naomh a' nuas air na h-ostail?

F. *Thainig e nuas* air D donaich-Caingis, *'an coltas theangan teine, agus shuidh e air gach aon diu' o's leth.*—(Gnio. ii.)

C. Ciod a tha sgriobtar ag ra, mu'n deigheins i a fhuair a' Spiorad Naomh?

F. *B a iad uile air an lionadh leis a' Spiorad Naomh, agus thoisich iad ri labhairt 'an canainean eile.*—(Gnio. ii.)

C. C'arson a chuir Criosd a' nuas an Spiorad Naomh?

F Gu eaglais a naomhachadh, gus na h ostail a neartachadh, agus comas a thoirt d'aibh an soisgeal na lagh nuadh a theagasg.

C. Ciod a tha thu tuigsinn leis an lagh nuadh?

F. An lagh a steidhich Criosd air talamh.

C. Ciod e'n seann lagh?

F. An lagh a f huair na h-Iudhaich.

C. C'ainm a their thu ri luchd leanmhuinn an lagh nuaidh?

F. Criosd'nean.

C. Ce mar a dh' aithnear gu'r criosd'nean sinn?

F. Le bhi air ar baisteadh, le bhi 'g aideachadh creideamh Chriosd, agus le comharra' na crois.

C. Ce mar a tha's a cuir comharra' na crois?

F. Le cuir na laimhe deas air clar-an-aodinn, a' sin o'n uchd. a rithisd air a ghuala chli ionnsuidh na guala dheas ag ra; An ainm an Athar, agus a Mhic, agus a Spioraid Naoimh. Amen.

C. C'arson a bhios sinn a cuir comharra' na crois oirnn?

F. Tha sinn le comharra' na crois, a guidhe air Iosa Criosd, gu'm beannaicheadh agus gu'n gleidheadh e sinn o'n olc. le chrois agus le phais.

C. An coir dhuinn comharra' na crois a chuir tric oirnn?

F. 'S coir; gu h-araid 'an am buairidh a's cunnart, agus air thoiseach 's air dheireadh urnuigh; ach bu choir dhuinn daonnan a chuir oirnn, le aire agus le durachd.

C. Ciod a tha comharra' na crois a ciallachadh?

F. Tha e ciallachadh 'sa toirt nar cuimhne *misteirean* araid ar creideamh.

C. Ciod na *misteirean* araid, a bheir comharra' na crois 'nar cuimhne?

F. An Trionaid bheannaichte, daondachd agus bas ar Slanair.

C. Ce mar a bheir comharra' na crois an Trionaid bheannaichte 'nar cuimhne?

F. Le comharra' na crois, tha sinn ag iarraidh comhnadh thri pearsanan na Trionaid, agus ag ra; An ainm an Athar, agus a' Mhic, agus a' Spioraid Naoimh.

C. Ce mar a bheir comharra' na crois, daondachd agus bas ar Slanair 'nar cuimhne?

F. Mur a dh'fhuilig e bas air a chrois, ann an colunn dhaonda, mar sin bheir comharra' na crois gu cuimhne an deadh chriosduidh, a dhaondachd agus a bhas.

C. C'aite a bheil na fior chriosduidhean ri fhaotinn?

F. 'San Eaglais fhirinneach na h-aonar.

X. LEASAN.

Mu'n Eaglais fhirinneach.

C. Ciod a tha thu tuigsinn leis an Eaglais fhirinneach?

F. Co thional nan creideach uile, a tha le'm baisteadh, ag aideachadh an aon chreideamh, a a partuchadh dhe na h-aon saciamaidean, agus air an riaghladh le'm buachailean dligheach, fo'n aon cheannard fhollaiseach air talamh.

C. C'ainm a their thu ris an Eaglais fhirinneach?

F. An Eaglais Naomh Chaitliceach. (Chreud.)

C. A bheil Eaglais fhirinneach sa' bith eile ann, a thuilleadh air an Eaglais Naomh Chaitlicich?

F. Cha 'n 'eil; mar nach 'eil ann, *ach an aon Tighearna, an aon chreideamh, an aon bhaisteadh, an aon Dia, agus Athair gach uile*, mar sin, cha'n 'eil ann ach an aon Eaglais fhirinneach.—(Ephes. iv.)

C. A bheil mar fhiachabh air na h-uile a bhi dhe 'n Eaglais fhirinneach?

F. Tha; o nach 'eil sabhaladh ach innte.—(Gnio. ii: Lucas x; Eoin x; Mata. xviii.)

C. An coisinn ionracas beatha, agus dea' oibrichean sabhaladh siorruidh do dhuine, a dh' aon Eaglais nan creideamh da'm bi e?

F. Cha choisinn; mur bith a dhea' oibrichean *a reir creideamh, a tha 'g oibreachadh le carrantachd.*—(Gala. v. 6.)

C. C'arson a dh' fheumas creideamh a bhi 'n cois ar dea' oibrichean?

F. A chionn gu bheil a Sgriobtar ag ra, *nach urrainn duinn Dia riarachadh gu'n chreideamh; agus esan nach creid theid a dhiteadh.*—(Eabh xi. 6; Marc. xxi. 16.)

C. A sabhail creideamh gu'n oibrichean sinn?

F. Cha shabhail; *oir mar tha 'n corp marbh*

as aonais a' Spioraid, mar sin, tha creideamh marbh gu'n obair.—(Seumas ii. 26.)

C. A feum carrantachd a bhi 'n cois ar d'ea' oibrichean?

F. Feumaidh; tha Naomh Pol ag ra, *ged' bheirinn mo chuid uile do na bochdan, agus mo chorp do na lasruichean, ma tha mi gun' charrantachd agam, cha 'n 'eil buannachd sa' bith dhomh ann.*—(1. Cor. xviii. 3.)

C. Ciod i charrantachd sin mu bheil an t-Ostal Pol a labhairt?

F. An gradh fior-ghlan agus neo-chealgach sin, bu choir a bhi againn air Dia, a bheir oirnn a thoil a dheanamh anns gach ni, agus *a bhi striochdta dha Eaglais, a dh'aithn' e dhuinn eisdeachd.*—(Mata. xviii. 17; Lucas x. 16.)

C. A bheil comharran sam bith air an Eaglais leis an aithnear i?

F. Tha; ceitheir chomharran: tha i na h-aon Eaglais, tha i na naomh Eaglais, tha i Caitliceach agus Ostalach.

C. Ce mar a tha'n Eaglais na h-aon?

F. Le bhi *na h-aon chomunn agus 'na h-aon treud, fo ghluasad an aon Spioraid, agus fo'n aon cheannard Iosa Criosd, a tha riaghladh na h-Eaglais uile.*—(Ephes. i agus iv.)

C. Ciod eile anns a bheil an Eaglais na h-aon?

F. Le cuid cloinne a bhi creidsinn 'san aon teagasg, a gabhail ris na h-aon sacramaidean 'san aon iobairt, agus fo'n aon cheannard fhoillaiseach air talamh.

C. Ce mar a tha i na naomh Eaglais?

F. Tha i naomh 'na ceannard Iosa Criosd; naomh 'na teagasg agus 'na sacramaidean, agus naomh 'an caithe-beatha roinn mhor dhe luchd leanmhuinn.

C. Ce mar a tha'n Eaglais Caitliceach?

F. A chionn gu'n robh i ann o linn Chriosd, agus gu mair i gu crioch an t-saoghail, agus gu'm

bi i air a craobh-sgaoileadh a' measg uile riogh achdan an domhain.—(Mata xxviii. agus Rom. x.

C. Ce mar a tha 'n Eaglais Ostalach ?

F. A chionn gu'n steidhich Criosd i air na h ostail. agus gu'n robh i air a riaghladh leo-san agus leis an fheadhainn sin, a thainig gu dligh each nan aite ; agus a chionn nach do sguir, agus nach sguir i. a theagasg na fìrinn sin a fhuair uatha-san.—(Ephes. ii. 20.)

XI. LEASAN.

An tuilleadh mu'n Eaglais.

C. C'arson a their thu gu bheil an Eaglais Romanach ?

F. A chionn gu'r e easbuig na Roimhe a ceann ard follaiseach air talamh ; agus gu'r ann 'san Roimhe a shuidhich Naomh Peadar, a chathair ostalach an toiseach.

C. Co e ceannard follaiseach na h-eaglais ?

F. An Papa, fear-ionaid Chriosd air talamh agus ard-cheannard na h-eaglais.

C. Co a fear-ionaid am papa mar cheannard na h-eaglais ?

F. Tha e na fhear-ionaid Naomh, Pheadair prionns' nan ostal, fear-ionaid Chriosd air talamh agus ciad Phapa agus easbuig na Roimhe.

C. C'uin a fhuair Naomh Peadar a bhi 'na Phapa, no na cheannard air an eaglais ?

F. Fhuair e gu h-araid e 'nuair a thuirt Criosd ris ; *S'd'thusa Peadar, agus air a charruig so togaidh mise m' eaglais ; agus bheir mi d'uit iuchraiche na rioghachd neamh ! Beathaich mo uain, beathaich mo chaorich.*—(Mata xvi. ; Eoin xxi.)

C. Ciod a tha na briathran so a dearbhadh ?

F. Gu'n d'thug Criosd do Naomh Pheadar, agus dhaibh-san a thigeadh gu dligheach 'na aite, curam a threud uile ; se sin, eaglais uile eadar luchd-teagaisg agus shluagh.

C. Co iadsan a tha 'n aite nan ostal eile ?

F. Easbuigean na h-Eaglais Naomh Caitlicich.

C. An d'tt eid an Eaglais a mearachd na teagasg ?

F. Cha d'theid; a chionn gun' gheall Criosd do bhuachailean na h-eaglais, *gum biodh e fhein maille riu' a h-uile latha gu deireadh an t-saoghail.*—(Mata xxiii. 20.)

C. C'arson a gheall Criosd a bhi daonnan maille ri Eaglais ?

F. Los gu'm faodadh e fhein, le bhi ga stiuradh 's ga teagasg le Spioraid beannaichte, sluagh gach tir agus linn a thoirt a stigh d'a h-ionnsuidh.

C. Ciod tuilleadh a gheall Criosd dha Eaglais ?

F. *Nach faigheadh geatan ifrionn buaidh oirre.* --(Mata xvi. 18.)

C. Ciod an tuilleadh buannachd a th'ann duinn, a bhi 'san Eaglais fhirinneach ?

F. Gheibh sinn innte creideamh fallain, maille ri co-chomunn na naomh agus mathanas pheacannan.—(Chreud)

C. Ciod a tha thu tuigsinn le mathanas pheacannan ?

F. Gu'n d' fhag Criosd aig buachailean na h-Eaglais, *comas peacannan a mhathadh.*—(Eoin xx 23.

XII. LEASAN.

Mu'n Pheacadh.

C. Ciod e'm peacadh ?

F. Gach uile smaointein, fhacal, ghniomh, no dhearmad 'an aghaidh toil De.

C. Ciod e peaca' bais ?

F. Cionta throm 'an aghaidh lagh Dhe.

C. C'arson a theirar peaca' bais ris ?

F. A chionn gu bheil e teirt bas do'n anam, le fuadach nan gras, a bha ga bheathachadh.

C. A bheil peaca' sola a fuadach ghrasan De o'n anam, agus a toilltein peanas siorruidh ?

F. Cha'n 'eil ; ach tha e dianamh dolaidh air an anam, agus ga chuir 'an cunnart peaca' bais ; agus tha sgriobtar ag ra, *esan a chuireas suarach nichean beaga, tuitidh e lion beag as beag.*—Eccles. xi. xi,)

C. Ciod a' seorsa grais, a tha 'm peaca' bais a fuadach as an anam ?

F. An gras sin a tha naomhachadh an anama agus ga fhagail taitneach le Dia.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le gras ?

F. Tiodhlac os cionn nadair, a dh' orduich Dia air son naomhachadh an anama, agus gu uidheamachadh air son fhlathanais.

C. A bheil grasan riatanach gu sabhaladh ?

F. Tha ; tha Criosd ag ra, *As m'aonais-sa cha'n urrainn duibh ni sam bith a dheanamh.*—Eoin. x. 5.

C. A bheil e na chall mor tuiteam ann am peaca' bais ?

F. Tha ; se mi-fhortan a's mo a's urrainn eiridh dhuinn.

C. Ciod a th'againn ri dheanamh, 'nuair a thuiteas sinn 'am peaca' bais ?

F. Aithreachas firinneach a ghabhail, agus faosid a dheanamh gu'n dail.

C. C'arson bu choir dhuinn faosid a dheanamh gu'n dail, 'an deigh dhuinn tuiteam 'am peaca' bais ?

F. Los gu faighamid air ais cairdeas De, agus gu bhi daonnan uidheamaichte air chionn a bhais.

C. Choid bu choir dhuinn a dheanamh, an deigh dhuinn tuiteam 'am peaca' bais, mur a h urrainn duinn ruighinn air faosid ?

F. Feumaidh sinn sinn fhein a ghluasad gu aithreachas firinneach, agus faosid a dheanamh aig a chiad chothrom.

C. Ce mar a ni sinn gniomh aithreachais ?

F. O mo Dhia ! 'S duillich leam o ghrunnd mo chridhe, gun' chuir mi mi-thlachd ort lem'

pheacannan. Tha mi toirt grain daibh o m' uile chridhe, a chionn gu bheil iad mi-thaitneach leatsa; agus a cuir romham le comhnadh do ghrais, gu'n seachainn mi iad as a so suas, agus gu'n leasaich mi mo bheatha.

C. An coisinn aithreachas firinneach cairdeas De dhuinn, mur urrainn duinn faosid a dheanamh?

F. Coisnidh; agus 'se an aon mheadhain a th'againn gu cairdeas De fhaotinn air ais, mur 'eil e nar comas faosid a dheanamh.

C. Ciod a tha riatanach gus ar n'aithreachas a bhi iomlain?

F. Bron firrinneach airson ar peacannan, a chionn gu bheil iad mi-thaitneach le Dia, *a tha cho math ann fhein*, maille ri run laidir nach tuit sinn 'sa pheacadh tuilleadh; dioladh airson ar peacannan, agus a dhol go'r n' eisdeachd cho luath 'sa dh'fhaodas sinn.

C. Co lion freumh peaca' bais ann?

F. Seachd; Uaill, Sannt, Druis, Craos, Fearg, Farmad, agus Leisg.

C. C'aite an d'theid iadsan a gheibh bas, ann a' staid peacai' bais?

F. Do dh' ifrionn gu siorruidh.

C. C'aite an d'theid iadsan a gheibh bas 'am peaca' sola?

F. Do Phurgadair.

XIII. LEASAN.

Mu'n Phurgadair.

C. Ciod e Purgadair?

F. Aite, no staid peanais, a th'ann san t-saoghal eile far am bi cuid do dh' anaminean a fulang ri tim, mu'n urrainn iad a dhol do fhlathanas.—(Mata xii. 32.)

C. A bheil feadhainn sam bith eile, a dol do phurgadair, ach iadsan a tha fagail na beath-sa, ann a' staid peaca' sola.

F. Tha; iadsan uile a tha fagail na beath-sa,

'S nach d'rinn lan-dhioladh do cheartas De, air son am peacannan bais.

C. 'Nuair a tha Dia mathadh a pheacaidh bhais a thaobh a chionta, agus a pheanais shiorruidh a tha e toilltein, a bheil e 'g agairt peanas aimsireil air a shon?

F. Tha; gle thric, agus air son ar math, gus ar cumail o thuiteam 'sa pheacadh a rithisd; agus gus an diolamid dha cheartas agus dha mhathas. (Aireamh xiv. 2; Righ xii.)

C. An d'thoir ar n'urnuighean 'sar n'oibrichean matha furtachd do na h-anamainean, a tha fulang 'am pian phurgadair?

F. Bheir; air dhaibh a bhi 'nan clann De, agus fhathasd nam buill do'n Eaglais, tha iad a partuchadh ann an co-chomunn na' naomh, agus tha Sgriobtar ag ra, *gu bheil e na chleachdadh naomh agus tarbhach, guidhe air son na marbh, a los gu'm faigheadh iad fuasgladh o'm peacannan.*—(Macca. xxii. 46.)

C. Ciod e co-chomunn na' naomh?

F. Gu bheil na naoimh air neamh, na creidich air thalamh, 's na h-anamainean a tha'm purgadair, 'an co-chomunn ri cheile anns na h-uile ni math; se sin ri ghra, gu bheil na naoimh air neamh a cuideachadh leis na creidich air thalamh, 's na creidich air talamh a cuideachadh leis na h-anamainean a tha 'm purgadair, le'n urnuighean 's le'n oibrichean matha, 's gu h-araid le iobhairt na h-Aifrionn.

C. A foghainn gu bhi sabhailte gu'm buin sinn do'n Eaglais fhirinneach?

F. Cha'n fhoghainn; *feumaidh sinn an t-olc a sheachnadh 's am math a dheanamh.*—(Peadar iii.)

C. *Ciod a th' agam ri dheanamh gu m'anam a shabhaladh?*—(Mata xix. 16.)

F. Tha Criosd ag ra, *ma 's aill leat a bhi sabhailte, cum na faintean.*—(Mata xix. 17.)

C. Ciod na faintean a th' agam ri chumail?
F. Deich faintean De.

XIV. LEASAN.

Mu na Deich Faintean.

C. Abair deich faintain De?

1.—S'mise an Tighearna do Dhia, a thug a mach a talamh na h-Eipheit thu 's a tigh na daorsa; na biodh Diathan eile agad 'nam fhianuis; na dian dhut fhein dealbh no coltas aon ni tha shuas air neamh, na bhos air an talamh, no 'sna h-uisgeachan fo'n talamh. Na lub 'sna dian seirbheis d'aibh, oir as mise an Tighearna do Dhia, neart'or agus eud'or, a dh'agras encoir nan aithrichean air a chloinn, gu ruig an treas' 'san ceathramh glun ginealaidh do'n fheadhainn a bheir fuath dhomh, agus a ni trocair air na miltean do'n fheadhainn a bheir gaol domh, 'sa chumas m'fhaintean.

2.—Na d'thoir ainm an Tighearna do Dhia 'an diamhanas, a chionn cha mheas an Tighearna esan neo-chiontach a bheir ainm an diamhanas.

3.—Cuimhnich latha na Sabaid a chumail naomh: Anu a 'sia latha ni thu t-onair a's t-uile ghniomh, ach air an t-seachda' latha tha Sabaid an Tighearna do Dhia, na dian obair sam bith air an latha sin, thu fhein no do mhac, no do nighean, do sheirbheiseach, no do bhan-sheirbheisach, do dhamh no t-asal, no aon ni tha 'n taobh a stigh dha d' gheatan: oir as ann 'an sia latha a chruthaich Dia neamh agus talamh, an fhairge's gach ni a th' annta; agus air an t-seachda' latha ghabh e tamh: uime sin bheannaich an Tighearna latha na Sabaid agus naomhaich e e.

4.—Thoir onair dha t-athair, agus dha d'mhathair; los gu'm biodh do laithean buan air an talamh, a bheir an Tighearna do Dhia dhut.

5.—Na dian marbhadh.

6.—Na dian adhaltras.

7.—Na dian goid.

8.—Na tog fiannis bhreige 'an aghaidh do chomhearsnaich.

9.—Na sanntaich dhut fhein bean do chomhearsnaich.

10.—Na sanntaich dhut fhein cuid do chomhearsnaich.—(Exo. 20.)

C. A bheil e riatanach na faintean uile a chumail?

F. Tha Sgriobtar ag ra, *Ge be sam bith a bhristeas air aon diu', bithidh e ciontach 'san iomlan;* se sin, ged' chumadh e cach uile, cha bhi buannachd dha ann gu shabhaladh.—(Seumas ii. 10.)

C. Ciod i chiad fhainte gu h-athghearr?

F. S'mise an Tighearna do Dhia, na biodh Diathan eile agad 'nam' fhiannis.

C. Ciod a tha chiad fhainte ag iarraidh?

F. Aoradh a thoirt do dh'aon Dia, agus dhason na aonar.

C. Ce mar a bheir sinn aoradh do Dhia?

F. Le creideamh, dochas, agus carrantachd, le urnuigh agus le iobairt.

C. Ciod e creideamh?

F. Subhailc dhiadhaidh leis an creid sinn gu daingean gach ni thaisbein Dia.

C. Ce mar a bhios sinn cinnteach 'de thaisbein Dia?

F. Le teisteanas na h-eaglais, *o na si steidh agus carruig na firinn.*—(Tim. iii. 13.)

C. C'arson a chreideas sinn gach ni thaisbein Dia?

F. A chionn gu'r esan an fhior fhirinn, nach urrainn mealladh, no bhi air a mhealladh.

C. Ciod e dochas?

F. Subhailc dhiadhaidh leis am bi earbsa laidir againn, gu' faigh sinn a bheatha shiorruidh, agus na meadhainean a choisneas dhuinn i.

C. C'arson a chuireas sinn ar dochas ann an Dia?

F. A chionn gu bheil e uile-chumhachdach, uile-mhathasach, agus uile-throcaireach; agus a chionn gu bheil e firinneach 'na fhacal, agus gun' gheall e gach uile ghrasan, eadhon, neamh fhein, tro Iosa Criosd, dhaibh-san a chumas fhaintean.

C. Ciod e carrantachd?

F. Subhailc dhiadhaidh leis an d'thoir sinn gaol do Dhia, os cionn gach ni, agus d'ar comh-earsnach mar dhuinn fhein.

C. C'arson a tha e mar fhiachabh oirnn gaol a thoirt do Dhia os cionn gach ni?

F. A chionn gu'r e Dia 'na aonar, a tha uile-mhath agus coimhlionta.

C. Ce mar a bheir sinn gaol do Dhia os cionn gach ni?

F. A ghradhachadh os ar cionn fhein, 's gach ni eile, agus a bhi daonnan ullamh, gus gach ni a's luach'ora leinn a threigsinn, na's luaithe na chuireadh sin mi-thlachd airsan.

C, An coir dhuinn gniomh creideamh, dochais, agus carrantachd a ghra tric?

F. 'S coir; agus gu h-araid, 'nuair a thig sinn gu aois reusain, 's aig uair a bhais; cuideachd, 'nuair a bhios sinn 'an cunnart peacaidh, agus ga'r n'uidheamachadh fhein airson na sacram-aidean.

XV. LEASAN.

Mu'n Chiad Fhainte.

C. Ciod a tha chiad fhainte bacail?

F. Gach peacadh a tha 'n aghaidh creideamh, dochais, agus carrantachd, 's gach dleasnas eile a bhuineas da'r creideamh.

C. Ce mar a pheacaicheas sinn 'an aghaidh ar ar creideamh?

F. Le neo-shuim, le cion creideamh, agus le eiseimeil.

C. Co iadsan a tha neo-shuimeil 'nan creideamh ?

F. Iadsan a tha deanamh dearmad air an teagasg-Chriosd, agus air an dleasnas-Chriosd.

C. Co iadsan nach 'eil a geilleadh don' chreideamh ?

F. Iadsan a tha do chreid'nean mearachdach, agus ana-criosd'nean.

C. Co iadsan a tha eiseimeileach 'nan creideamh ?

F. Iadsan a tha o'n leth a mach, le'm facal, no le'n gniomh, ag aicheadh a chreideamh a th' aca 'nan cridhe.

C. A faod iad so duil a bhi aca, gu'n coisinn iad an sabhaladh fhad s'a bhios iad 'san staid sin.

F. Cha'n fhaod ; tha Criosd ag ra, *Co air bith a dh' aicheas mise a' fianuis dhaoine, aicheadh mise esan a' fianuis m' Athar a ta air neamh.*—(Mata x. 23.)

C. Cuin gu h-araid, a tha e mar fhiachabh oirnn ar creideamh a thaisbeineadh?

F. Cho tric s'a dh'iarras onair Dhe, ar math spioradail fhein, no feum an athartaich sin oirnn. Tha Criosd ag ra, *Co air bith a dh'aidicheas mise a' fianuis dhaoine, aidichidh mise esan a' fianuis m' Athar a ta air neamh.*—(Mata. x. 23.)

C. A bheil neach air slighe an t-sabhalaidh, a tha creidsinn 'san eaglais, agus a their 'na chridhe gu'm buin e dhi, ach a tha le uaill, eiseimeil, no beachd saoghalta ag aichea' nach buin, no nach 'eil a deanamh mar tha i teagasg dha.

F. Cha 'n 'eil ; tha Naomh Pol ag ra, *Cha 'n fhoghainn creidsinn 'nar cridhe gu bhi sabhailte, ach feumaidh sinn aideachadh le'r beoil.* —(Rom. x. 10.)

C. Ciod tha 'n t-Ostal Pol ag ra, mu dheighein na feadhnach sin a thuiteas air falbh o'n chreideamh ?

F. Gu bheil e neo-chomasach dhaibh a bhi air

an ath-nuadhachadh a rithisd gu aithreachas; se sin, gu'm bi e anabharrach duillich dhaibh an t-aithreachas a ghabhail.

C. C'arson a bhios e cho duillich dhaibh so an t-aithreachas a dheanamh?

F. A chionn le'n tuiteam. *tha iad a ceusadh Mhic De as ur, agus a fanaid air.*—Eabh. vi. 6.

C. Ciod iad na peacannan a tha'n aghaidh dochais?

F. An-dochas, agus danadas air trocair Dhe.

C. Ciod e an-dochas?

F. Teagamh a chuir'an trocair Dhe.

C. Ciod e danadas air trocair Dhe?

F. Dochas amaideach ri sabhaladh, as aonais na meadhainean a choisneas e.

C. Ce mar a pheacaicheas neach 'an aghaidh gaol De?

F. Leis na h-uile peacadh, ach gu h-araid peaca' bais.

C. Ce mar a pheacaicheas neach 'an aghaidh gaol a chomhearsnaich?

F. Le dolaidh a dheanamh air 'an doigh sam bith, agus gun' a chuideachadh an eigin spioradail no chorporra da'm bi e, 'nuair a bhios sin 'na chomas.

XVI. LEASAN.

An tuilleadh mun' Chiad Fhainte.

C. Ciod tuilleadh a tha chiad fhainte bacail?

F. An onair bhuineas do Dhia na aonar, a thoir do chreutair sam bith.

C. A bheilas a bacail dhuinn onair a thoirt do na naoimh?

F. Cha 'n 'eil; mur d'thoir sinn d'aibh ach an onair sin, a tha dligheach dhaibh mar sheirbheisich 's mar mhuinntir dhileas De, agus mu'r d' thoir sinn d'aibh an ard-onair sin, a bhuineas do Dia a na aonar.

C. Ciod an dealachadh a tha Caitlicich a cuir

eadar an onair a tha iad a toirt do Dhia, agus do na naoimh, 'nuair a bhios iad ag urnuigh ri Dia a agus ris na naoimh?

F. Air Dia tha iad ag iarraidh ghrasan agus trocair, air na naoimh cuideachadh an eadar-ghuidhe.—(Job xii. 12.)

C. A bheil e ceadaichte dhuinn sinn fhein earbsa ris na naoimh, agus an eadar-ghuidhe iarraidh?

F. Tha; mar a tha e freagarrach, agus na chleachdadh math, urnuigh ar co-chreutairean iarraidh air talamh, agus guidhe air an son.—(Thes. v. 25; Seumas v. 36.)

C. C'arson a bhios na Caitlicich a lubadh an glun, do dhealbhan Chriosd agus na naomh?

F. Gu onair a thoirt do Chriosd agus da naoimh, a bheir an dealbhan 'nan cuimhne.—(Exo. xxv.)

C. A bheil e ceadaichte onair a thoirt do dhealbh a cheusaidh, agus do dhealbhan Chriosd agus na naomh?

F. Tha; a chionn gu'm buin iad do Chriosd agus da naoimh, air dhaibh a bhi 'nan samhla 's nan cuimhneachan orra.—(Gnio. xix. 12; Mata ix.)

C. C'arson a bhios na Caitlicich a toirt onair do dh'fhuigheal* na naomh?

F. A chionn gu'n robh an coluinnean 'nan teampuill aig a' Spioraid Naomh, agus air an latha fo dheireadh gu' faigh iad gloir agus onair a mhaireas gu siorruidh.

C. A faod sinn mar sin, urnuigh dheanamh ri dealbh a cheusaidh, no ri dealbhan agus fuigheall na naomh?

F. Cha'n fhaod; a chionn cha 'n 'eil beatha, comas, na faireachadh aca gus ar cuideachadh.

C. C'arson ma ta, a bhios sinn ag urnuigh 'nan lathair?

---

* Relics.

F. A chionn gu'n d'thoir iad brosnachadh dha 'r n' urnuigh le dea' smaointeinan a dhusgadh 'nar cridheachan, agus le Criosd agus a naoimh a thoirt 'nar cuimhne; tha iad cuideachd a toirt misneach dhuinn gu imeachd 'nan ceumanan fhein.—(Exo. xxv. 18; Eoin iii. 14.)

C. Nach 'eil a chiad fhainte a bacail dealbhan a dheanamh?

F. Cha 'n 'eil; se tha i bacail Diathan a dheanamh dhiu', agus aoradh a's seirbheis a thoirt daibh, mar a ni na paganaich.

C. A bheil a chiad fhainte a bacail ni sam bith eile?

F. Tha; buidseachd, eolasan, giseagan, innsefortain, a toirt brigh a' bruadair, agus gach comunn do'n t-seorsa sin ris an aibheister.

XVII. LEASAN.

Mu'n Darn', an Treas, agus an Ceathramh Fainte.

C. Abair an darna fainte?

F. Na d'thoir ainm an Tighearna do Dhia 'an diamhanas.

C. Ciod a tha'n darna fainte ag iarraidh?

F. Labhairt le urram mu Dhia, a naoimh agus a luchd seirbheis, mu chreideamh agus a chleachdnan, 's gach ni eile a bhuineas do sheirbheis De.

C. Ciod tuilleadh a tha 'n darna fainte ag iarraidh?

F. Sinn a chumail ar mionnan 's ar boidean laghail.

C. Ciod tha 'n darna fainte a bacail?

F. Gach seorsa mhionnan breige, obuinn, mi cheart agus mi-riatanach; mar, an ceudna, speireadh, mollachdan, guidheachan, blaisbheum, agus gach cainnt mhi-naomh.—(Mata v. 35; Seumas v. 12.)

C. A bheil mionnan ceadaichte air am sam bith?

F. Tha; 'nuair a tha onair Dhe, ar math fhein, no feum an atharraich ga sireadh oirnn.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le mionnan eucorach?

F. Mionnan a tha docharrach do Dhia, dhuinn fhein, no d'on atharrach.

C. A bheil a mar fhiachabh air neach a mhionnan eucorach a chumail?

F. Cha 'n 'eil; bhiodh e peacach a toirt, agus bhiodh e mar an ceudna, peacach a cumail.

C. A bheil e mar fhiachabh air neach a mhionnan laghail a chumail?

F. Tha; agus bhiodh e na mhionnan-eithich bristeadh oirre.

C. Ciod e mionnan-eithich?

F. Bristeadh air mionnan laghail, no mionnan eucorach a thoirt.

C. A bheil mionnan-eithich na pheacadh trom

F. Tha; anabarrach peacach.

C. Abair an treas fainte gu h-athghearr.

F. Cuimhnich latha na Sabaid a chumail na omh.

C. Ciod tha'n treas fainte ag iarraidh?

F. An Donach a chuir seachad ann ad urnuig san dleasnasan creideamh.

C. Ciod an doigh anns am bu choir dhuinn Donach a chumail?

F. Aifrionn eisdeachd le crabhadh, freasdal urnuigh fheasgair, a leughadh leabhraichean m tha, agus Corp an Tighearna a ghlacail.

C. A fodhainn gus an Donach a chum naomh Aifrionn eisdeachd?

F. Cha'n fhodhainn; gu'n urnuigh a's oibric ean matha eile.

C. Ciod na h-oibrichean as freagarraich air Donach?

F. Oibrichean spioradail agus chorporra trocair, agus gu h-araid, an t-aineolach a she adh air slighe an t-sabhalaidh, le'r comhairle ag le'r sambla.—(Daniel xiii. 3.)

C. Ciod tha'n treas fainte a bacail?

F. Na h-uile obair mhi-riatanach, agus gach ni eile a bhacas ar serbheis do Dhia, 's ar n' onair do'n latha.

C. A bheil peacadh an Donaich na's truime na peacadh latha eile?

F. Gu cinnteach tha.

C. Abair an ceathramh fainte?

F. Thoir onair dha t-athair, agus dha d'mhathair.

C. Ciod tha' n ceathra' fainte ag iarraidh?

F. Gaol, onair, agus umhlachd a thoirt d'ar parantan, a's dhaibh-san aig a bheil uachd'ranachd oirnn.—(Colos. iii. 20.)

C. Ciod tha 'n ceathra' fainte a bacail?

F. A bhi taireil, diorrasach, droch-mheineach, agus neo-shriochdta do pharantan a's dhaibh-san a bhios os-ar cionn.

C. Ciod e dleasnas araid pharantan?

F. An sliochd a thogail suas, iadsan 's na bheil 'o'n curam, a theagasg 'an gaol 'san eagal De, 's gach eolas a thoirt daibh air slighe fhlathanais.—Tim. v. 8.)

C. Ciod e'n duais araid, a tha Dia gealltainn do chlann dhleasnach?

F. Saoghal fada 's dea' bheatha, eadhon, 'san t-saoghal-sa fhein.

C. Ciod e dleasnas iochd'rain do dh' uachdrain?

F. *A bhi striochdta dhaibh le onair agus le umhlachd, cha'n ann le eagal, ach le dea' chogais oir se sin toil De.*—(Rom. xviii.)

C. A bheil a' Sgriobtar a cuir dleasnas sam ith eile, mu choinneamh iochd'rain?

F. Tha; *urnuigh a dheanamh air son an righ, agus air an son-san uile, a tha ann an driachd n arda, los gu'm biodh beatha shitheil agus shocach againn.*—(Tim. iii.)

C. A bheil e peacach cuir 'an aghaidh luchd-aghlaidh, na tire, no labhairt le suaraehas umpa?

F. Tha; a chionn tha 'n t-Ostal Pol ag ra, *Biodh gach neach umhailt do na cumhachdan as airde; esan a chuireas an aghaidh a chumhachd, tha e cuir an aghaidh ordugh Dhe; agus esan a chuireas 'an aghaidh, tha e cosnadh ditead.h dha fhein.*—(Rom. xiii.)

C. Ciod e dleasnas mhaighstirean ri'n seirbheis ich, a's riu'-san a bhios fo'n curam?

F. An treoireachadh gu Dia le'n comhairle agus le'n samhla; iad a dh'fhaicinn gu'm bit iad cuimhneach air an dleasnas mar chriosd'nean a bhi ceart agus iochd 'or riutha, agus an cronach adh 'san comhairleachadh, 'nuair a theid iad a an rathad.

C. Ciod tha Naomh Pol ag ra, ri maighsti ean?

F. A *mhaighstirean deanamh ri'r seirbheisi a' ni sin a tha ceart agus freagarrach, air fios bhi agaibh gu bheil agaibh fhein maighstcir a neamh.*—(Colos. iv. 1.)

C. Ciod e dleasnas sheirbheisach da maighsti ean?

F. A bhi modhail, umhailt, agus dileas dhail dichiollach na' seirbheis, agus gu'n chall sa bith a leigeadh da n' ionnsuidh.—(Ephes. and Col. iii.)

XVIII. LEASAN.

Mu'n Chuiga', an t-Siatha' an t-Seachda', a an t-Ochdamh Tainte.

C. Abair an cuiga' fainte?

F. Na dian marbhadh.

C. Ciod tha 'n cuiga' fainte a bacail?

F. Mort, trod, tuasaidean, connsachadh, fea gamhlas, agus dioghaltas.

C. Ciod tuilleadh tha 'n cuiga fainte a baca

F. Cainnt dhocharrach, sgaineal no dr shamhla, agus gu'n mhathanas iarraidh orra air an d'rinn sinn eucoir.—(Mata x. 39.)

C. Abair an t-siatha' fainte ?

F. Na dian adhaltras.

C. Ciod tha 'n t-siatha' fainte a bacail ?

F. Eolas neo-ghlan sam bith air bean, no fear neach eile.

C. Ciod tuilleadh tha 'n t-siatha' fainte a bacail ?

F. Gach sealladh, facal, no gniomh mi-bheusach, 's gach ni eile a tha 'an aghaidh geimn-'eachd.—(Colos. iii. 5.)

C. A bheil an t-siatha' fainte a bacail orain, cainnt, no cluich mi-bheusach ?

F. Tha ; agus tha e ro-pheacach a bhi lathair, no 'g eisdeachd riu.

C. Abair an t-seachda' fainte ?

F. Na dian goid.

C. Ciod tha'n t-seachda' fainte a bacail ?

F. Gu'n ni sam bith a thoirt, no chumail o neach eile,ann an doigh mhi-cheart.

C. Ciod tuilleadh a tha 'n t-seachda' fainte bacail ?

F. Gach car as lub 'an reic 's an ceannach, 's gun' choire dheanamh 'an doigh sam bith air cuid an atharraich.—(1 Cor. v. 10.(

C. Ciod tha 'n t-seachda' fainte ag iarraidh ?

F. Ar fiachan dligheach a phaigheadh, s'a chuid fhein a thoirt do gach neach.

C. Ciod a th' aca-san ri dheanamh a chumas cuid an atharraich 'an doigh eucorach ?

F. A chuir air ais cho luath 's as urrainn iad, agus urrad 's as urrainn iad, air neo cha mhathar am peacadh dhaibh.

C. Abair an t-ochdamh fainte ?

F. Na tog fianuis bhreige an aghaidh do chomhearsnaich.

C. Ciod tha 'n t-ochda' fainte a bacail ?

F. Gach fianuis bhreige, breth obuinn, agus briagan.—(Mata vii. 1.)

C. A bheil e ceadaichte briag innse 'am fala-dha, no le beachd math?

F. Cha 'n urrainn briag sam bith a bhi laghail no neo-chiontach; agus cha 'n 'eil aobhar sam bith, cho math 's ga'm bith e a's urrainn a leth-sgeul a ghabhail, a chionn tha bhriag daonnan peacach agus dona innte fhein.—Eoin. viii. 44.)

C. Ciod tuilleadh tha 'n t-ochda' fainte ag iarraidh?

F. Labhairt gu ceart agus le carrantachd mu fheadhainn eile, mar bu mhath leinne gu'n labhradh iadsan umaine; agus daonnan fiannis a thogail leis an fhirinn.

C. Ciod a th' aca-san ri dheanamh, a thogas fiannis bhreige 'an agaidh an comhearsnaich, no labhras gu h-olc uime, no laghdaicheas a chliu an doigh sam bith?

F. A chall a dheanamh suas cho luath 's as urrainn iad, agus a chliu math a thoirt air ais gu'r dail, air neo cha d' theid am peacadh a mhathadh dhaibh.

XIX. LEASAN.

Mu'n Naoidha', agus an Deichamh Fainte.

C. Abair a naoidha' fainte?

F. Na sanntaich dhut fhein bean do chomhearsnaich.

C. Ciod tha naoidha' fainte a bacail?

F. Gach smaointein agus iarratas neo-ghlan agus a bhi gabhail tlachd annta.

C. Ciod tuilleadh a tha naoidha' fainte a bacail

F. Ceann-aobhar a pheacaidh, a' smaointei 'san iarratas.

C. Ciod e ceann-aobhar a pheacaidh, a' smaointein 'san iarratas?

F. Cainnt neo-ghlan, leabhraichean a's deabhan mi-bheusach, agus gach fearas-chuideach a bhios an aghaidh geimn'eachd.

C. Ciod tuilleadh a dh'fhaodar sealltainn air mar cheann-aobhair a pheacaidh?

F. A sealltainn no beantuinn ri'n fhein, no ri 'eadhainn eile, ann a seol mi-bheusach, diamh-ınas, droch cuideachd, craos am biadh 'san deoch, s gach ni eile a dhuisgeas miannan na colunn.

C. A bheil e peacach gabhail ro' smaointeinan ıeo-ghlan, 'nuair nach 'eil beachd no iarratas aig ıeach an cuir an gniomh?

F. Tha; tha iad daonnan cunnartach, agus a uair tha neach a gabhail romhpa le dheoin agus gabhail tlachd annta, tha iad a truailleadh an nama mar ghniomh.—(Mata v. 88.)

C. Abair an deichamh fainte.

F. Na sanntaich dhut fhein cuid do chomh-ırsnaich.

C. Ciod tha'n deichamh fainte a bacail?

F. Gach sannt agus iarratas mi-laghail air ıid, no air buannachd ar comhearsnaich.

C. Ciod e suim na'n deich faintean?

F. *Bheir thu gaol do'n Tighearna do Dhia, le uile chridhe, le d' uile anam, le d' uile inntinn nus le d' uile neart, agus dha d' chomhearsnach ır thu fhein; dian so agus bithidh d' thu sabh-lte.*—(Lucas x.; Marc xii.)

C. Agus co e mo chomhearsnach?

F. Sluagh an t-saoghail gu leir, eadhon, iadsan ha ri eucoir oirnn, no tha do chreideamh eile.

C. Ce mar a bheir mi gaol dha m' chomhears-ch mar dhomh fhein?

F. *Tha Criosd ag ra, deanadh sibhse ri cach, r bu mhath leibh cach a dheanamh ribh.*—ıcas vii. 31.)

C. Ciod e 'n dleasnas araid, a tha riaghailt a cuir ma m' choinneamh?

F. Gun' choire a dheanamh air an atharrach, acal, no le gniomh, na phearsuin, na chuid, na chliu', durachd math a bhi agad dha,

guidhe air a shon, agus daonnan a chuideachad
f had sa bhios e na d' chomas.

C. A bheil e mar fhiachabh oirnn gaol a thoi
da'r naimhdean?

F. Gu cinnteach tha; tha Criosd ag ra, *Thu
aibh gaol d'r naimhdean, deanamh math dhaib
san aig a bheil fuath oirbh, beannaichibh iads
a tha ga'r mollachadh, agus guidhibh air son
feadhnach, a tha ri geur-leanmhuinn oirbh.*—(L
cas v.; Mata v.)

XX. LEASAN.

Mu Fhaintean na h-Eaglais.

C. A bheil faintean sam bith eile ann a thu
eadh air deich faintean De?

F. Tha, sia ann, ris an abrar faintean na h-
glais.

C. Abair sia faintean na h-eaglais.

1.—Aifrionn eisdeachd air Didonaich 's lait
an feill.

2.—Traisg a's catadh a chumail air laithea
aman orduichte.

3.—Faosid a dheanamh aon uair sa bhliadh
an car as lugha.

4.—Sacramaid Chuirp Chriosd a gabhail
doigh iomchuidh, aig am na Casg, no an taol
stigh an am chomharraichte; se sin, o Dhiciad
na-luatha gu ochd latha 'an deigh latha Ph
air as Phoil.

5.—An dligheadh a phaigheadh da r pears
eaglais.

6.—Gun' phosadh le bainis 'sa Charghus
'san Aidbhein, no an taobh a stigh don' ch
ramh cheum cairdeas, no tha air a bhacail
an eaglais, no an uaigneas.

C. Ciod e ar dleasnas araid air Didonaic
laithean feill?

F. Aifrionn eisdeachd le crabhadh, agus
gach doigh eile an cumail naomh.

C. A bheil e na pheaca' bais fuireach as an ıfrionn air Didonaich 's air laithean feill?

F. Tha, ma ghabhas e leasachadh; agus tha ırantan agus gach feadhainn aig a bheil sluagh 'n curam, a peacachadh gu trom ma bhacas iad ı'n reusan, an cuid cloinne agus na bhios fo'n ram, aifrionn eisdeachd air Didonaich 's air ithean feill.—(Thes. iii. 4, 24.)

C. Ciod a tha thu tuigsinn le laithean feill?

F. Laithean a th' air an cuir air leth leis an glais, gu bhi air an cumail naomh.

C. C'arson a chaidh laithean feill orduchadh is an eaglais?

F. Gus gu'n d'thugadh iad 'nar cuimhne, le ing agus moladh, *mistirean* araid ar creideamh, bhailcean agus duais na naomh, agus gu ghloir thoirt do Dhia orra.

C. Ce mar bu choir dhuinn laithean feill a ımail?

F. Mar a chumamid an Donach.

C. Ciod tha 'n darna fainte eaglais ag iarraidh rnn?

F. Traisg a's catadh a chumail air earran dhe 'n ıliadhna.—(Mata v. 16, 17, 18.)

C. Ciod a tha thu tuigsinn le laithean traisg?

F. Laithean araid air a bheil e air a bhacail ıuinn a ghabhail, ach aon bhiadh, 's air a bheil ›il air a toirmeasg.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le laithean Cataidh?

F. Laithean araid air a bheil e air a bacail uinn feoil iche, ach air a faod sinn an aireamh umanta do bhiadhan a ghabhail.

C. C'arson a tha 'n eaglais a cuir mar coinnmh traisg a's catadh a chumail?

F. Gus gu'n claoidhamid ar n'anamiannan, us an diolamid air son ar peacanan, le brethas-aithrich a dheanamh air an son.

C. C'arson a tha 'n eaglais a cuir mar coinnmh fuireach o fheoil air Dihaoine?

F. An onair agus mar chuimhneachan air bas ar Slanair.

XXI. LEASAN.

An tuilleadh mu Fhaintean na h-Eaglais.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le faosid aon uair sa bhliadhna, an car as lugha?

F. Gu bheil an eaglais a cruaidh bhagairt oirnn, mu'r dian sinn faosid 'an taobh a stigh do cheann na bliadhna.

C. An colion droch fhaosid an fhainte?

F. Cha cholion; tha e cho fad uaithe, 's gu bheil droch fhaosid ga'r fagail na's peacaiche na bha sinn roimhe.

C. A fodhainn e faosid a dheanamh aon uair 'sa bhliadhna?

F. Cha 'n fhodhainn; tha eisdeachd thric feumail, do gach aon a tha tuiteam ann am peacannan bais, no leis a miann fas subhailceach.

C. Ciod an aois aig an coir clann a dhol gu n' eisdeachd?

F. Cho luath 'sa bhios iad comasach air a pheacadh a dheanamh; se sin, 'nuair a tha iad air tighinn gu aois reusain, rud a tha, mar as tric, a tachairt mu'n cuairt do sheachd bliadhna dh'aois.

C. C'aite agus co uaithe a th' againn ri'r dleasnas-Casg fhaotinn?

F. 'Nar n' eaglais fhein, agus o'r pears'-eaglai fhein.

C. Ciod an aois aig an coir clann a dhol g comaine?

F. Cho luath 'sa bhios iad comasach air cor an Tighearna a thoirt fa near; se sin, 'nuair a th iad a tuigsinn 'de i 'n t-sacramaid, agus 'de ch aidheamaichte 's bu choir dhaibh a bhi gu gabhai a' staid iomchuidh.—(1 Cor. xi. 29.)

C. Ciod am peanas a tha 'n eaglais a agaill

air an fheadhainn a ni dearmad air an dleasnas-Casg?

F. An cuir air chul eaglais, am feadh 'sa tha iad beo, agus an deigh am bais, gu na leigeadh an cladh coisrigte.—(Comhairle Lateram.)

C. A bheil e mar fhiachabh oirnn leis na h-uile ceartas, dligheadh a phaigheadh da'r pearsanan-eaglais?

F. Tha; agus tha fainte dhiadhaidh a cuir sin mar coinneamh, tha Naomh Pol ag ra, *sann mar so a dh' orduich an Tighearna, gu 'n d' thigeadh an fheadhainn a tha searmanachadh an t-soisgeil, beo air an t-soisgeal.*—(1 Cor. ix. 13, 14.)

C. A bheil posadh uaigneach na phosadh math agus seasrach?

F. Aite sam bith anns a bheil *reachd-fhainte* chomhairle na *Trent* air a deanamh follaiseach, agus air gabhail rithe 's an doigh fhreagarrach, tha posainean uaigneach gu'n fheum agus gu'n headh, an lathair Dhia 's na h-eaglais.

C. Ciod e posadh uaigneach?

F. Tha 'n eaglais a sealltainn mar phosainean uaigneach, air posainean Chaitliceach aig nach eil sagart paraiste an fhir no na te a lathair, no sagart eile le chead, no le cead an easbuig, maille ri dithis no triuir a dh'fhianuisean.

C. A bheil e na pheaca' bais bristeadh air aintean na h-eaglais?

F. Tha; tha Criosd ag ra, *Esan nach eisd ris n eaglais, seall air mar phaganach 's mar chis-haor.*—(Lucas x. 16; Mata xviii. 17.)

C. Ciod a tha feumail gu faintean De 's na h-eaglais a chumail?

F. Grasan De, a tha ri fhaotinn le urnuigh 's gnathachadh na sacramaidean.

XXII. LEASAN.

Mu Urnuigh.

C. Ciod e urnuigh?

F. Ar n' inntinn a thogail suas ri Dia, gu aoradh a thoirt da, gu ainm naomh a bheannachadh, gu mhathas a mholadh, agus gu taing a thoirt da airson a thiodhlacan.

C. Ciod tuilleadh a th' ann an urnuigh ?

F. Achanaich iriseil ri Dia, gu'n d' thugadh e dhuinn gach ni a tha riatanach a thaobh anam agus cuirp.

C. C'uin bu choir dhuinn urnuigh dheanamh ?

F. Tha Criosd fhein ag ra, *gu'm bu choir dhuinn a bhi daonnan ag urnuigh.*—(Lucas xxii.)

C. Ce mar as urrainn duinn a bhi daonnan ag urnuigh ?

F. Le'r n' uile smaointein, bhriathran agus ghniomhan a thairgse do Dhia ; le sinn fhein a chumail a' staid nan gras, agus a bhi 'g urnuigh aig aman araid.

C. Ciod na h-aman araid, aig an coir dhuinn urnuigh dheanamh ?

F. Air Didonaich 's laithean feill, aig moch as feasg-ar, agus aig gach am cunnairt, buairidh no trioblaid.

C. Ciod an doigh anns an coir dhuinn urnuigh dheanamh ?

F. Le fior aire agus dhurachd, agus ann a' suidheachadh iriseil air ar gluinean.

C. Ciod an suidheachadh inntinn a dh'fhagas ar n'urnuigh taitneach le Dia ?

F. A tairgse suas dha le umhlachd agus le aithreachas, le durachd agus le leanaltas, le earbs' a mathas De, a bhi leagta ri thoil, agus ann an ainm Iosa Criosd.

C. Ciod a their thu riu'-san aig nach bi smaointein sam bith air Dia, no 'de tha iad ag ra, aig an urnuigh ?

F. Ma bhios an seacharan inntinn so ga'n deoin, 'an aite an urnuigh a bhi taitneach le Dia sann a tha i na grainealachd leis.—(Mata xv.)

C. Ciod iad na h-urnuighean as mo a th' air a moladh dhuinn a chleachdadh?

F. Urnuigh an Tighearna, am Beannachadh Moire, a Chreud agus an t-Aideachadh.

C. A bheil an eaglais a moladh dhuinn, gniomhan creideamh, dochais, agus carrantachd a chleachdadh?

F. Tha gu laidir; oir tha iad nan urnuighean a tha ro-fhreagarrach, gus ar dleasnas do Dhia a chumail 'nar cuimhne.

C. Ciod e ar dleasnas araid do Dhia?

F. Creidsinn ann, dochas a chuir ann, agus gaol a thoirt da.

C. C'arson a their sinn daonnan gniomh aithreachais ro' na tri ghniomhan eile?

F. Gu mathanas fhaotinn 'nar peacannan, agus leis a sin, gu'm biodh ar n' urnuigh na bu taitniche le Dia, agus na bu tarbhaiche dhuinn fhein.

XXIII. LEASAN.

Mu Urnuigh an Tighearna, agus am Beannachadh Moire.

C. Co rinn Urnuigh 'n Tighearna?

F. Iosa Criosd.—(Mata vi. 9, 10.)

C. Co ris a their thu ar n' Athair, a nuair a tha thu gabhail Urnuigh 'n Tighearna?

F. Ri Dia Uile-chumhachdach, athair a chinne-dhaonda.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le ghra, *gu'm bu naomh a bhios t-ainm?*

F. Tha sinn a guidhe gu'm biodh ainm Dhe air a mholadh, 's air a ghloireachadh le uile chreutairean.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le ghra, *gu'n d'thigeadh do rioghachd?*

F. Tha sinn a guidhe, gu'n gabhadh Dia comhnuidh 'nar cridheachan, agus gu'n gabhamida comhnuidh maille ris-san gu siorruidh ann a flathanas.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le ghra, *gu'n dianair do thoil* air *talamh, mar tha's ga deanamh air neamh?*

F. Tha sinn a guidhe, gu'n d' thugadh Dia a ghrasan duinn, gu thoil a dheanamh air talamh, mar tha na naoimh 'sna h-aingeil ga deanamh air neamh.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le ghra, *thoir dhuinn an diugh ar n'aran latheil?*

F. Tha sinn a guidhe, gu'n d'thugrdh Dia dhuinn, gach ni a tha riatanach a thaobh anam agus cuirp.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le ghra, *math dhuinn ar fiachan mar mhathas sinne do luchd ar fiach?*

F. Tha sinn a guidhe, gu'n d'thugadh Dia mathanas dhuinn 'mar peacannan, a reir 's mar a bheir sinne mathanas don' fheadhainn a ni eucoir oirnn.

C. A math Dia dhuinne ar ciontan mu'n d'thoir sinne mathanas dhaibh-san a rinn eucoir oirnn?

F. Cha mhath; cha nochd Dia trocair dhuinne, mu'r d'thoir sinne o'r n' uile chridhe mathanas dhaibh-san, a rinn olc 'nar n'aghaidh.—Mata xviii. 35; vi. 15.)

C. Ciod a tha thu tuigsinn le ghra, *na leig ann am buaireadh sinn?*

F. Tha sinn a guidhe, gu'n neartuicheadh Dia sinn 'an aghaidh gach uile bhuairidh.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le ghra, *ach saor sinn o'n olc?*

F. Tha sinn a guidhe, gu'n saoradh Dia sinn o gach olc, a dh'fhaodadh cron a dheanamh oirnn, a thaobh anam agus cuirp, gu h-araid am peacadh.

C. Co rinn am Beannachadh Moire?

F. Rinn an t-AingealGabriel agus ban-Naomh-Ealasaid a chiad da earrainn dheth, agus an eaglais an earrann eile.

C. Co' dhu' so, a rinn a chiad earrann dhe 'n Bheannachadh Moire?

F. An t-aingeal Gabriel, a nuair a thainig e air theachdaireachd o Dhia gu Moire, 'sa dh'innis e dhith gun robh i gu Mac De a ghabhail air a giulan.—(Lucas i. 48.)

C. C'un a rinn ban-Naomh Ealasaid an darn' earrann dhe'n Bheannachadh Moire?

F. 'Nuair a thainig Moire a's i trom air Criosd a dh'anharc oirre.—(Lucas i 48.)

C. C'arson a rinn an eaglais an treas earrann dhe'n Bheannachadh Moire?

F. A thaisbeineadh a creideamh 'an aghaidh nan eiriceach, a bha 'g aichea' gu'm bi Moire Mathair Dhe, agus Criosd an darna pears' dhe'n Trionaid Bheannaichte.

C. A bheil e ceadaichte onair a thoirt do'n Oigh Moire?

F. Tha; agus tha Sgriobtar ag ra, *gairmidh gach linn beannaichte i.*—(Lucas i. 48.)

C. Ciod a' seorsa onair a tha sinn a toirt do'n Oigh Moire?

F. Tha sinn a toirt onair dhith os cionn na' naomh 'snan aingeal uile, a chionn gu'r e Mathair Dhe i, ach cha 'n 'eil sinn a toirt dhith uair sam bith, an ard-onair sin a bhuineas do Dhia na aonar.

C. C'arson a bhios na Caitlicich a gabhail a Bheannachadh Moire cho tric?

F. Mar onair do dhaondachd ar Slanair, agus a thaisbeinadh an crabhaidh 'san urram do Mhathair Dhe, 'san earbsa laidir a th'aca 'na h-eadar-guidhe, gu h-araid aig uair a bhais.

C. C'arson a their sinn daonnan am Beannachadh Moire, 'an deigh Urnuigh 'n Tighearn'?

F. Gus gu'n coisneadh a h-eadar-ghuidhe-sa, gu faighamid a ni sin, a tha sinn ag iarraidh ann an Urnuigh 'n Tighearn'.

XXIV. LEASAN.

Mu na Sacramaidean, 's mu'n Bhaisteadh.

C. Ciod na meadhainean a thuillead air urnuigh a choisneas dhuinn grasan De?

F. Tha na sacramaidean.

C. Ciod e sacramaid?

F. Comharradh no gniomh soilleir, air orduchadh le Iosa Criosd, gu gras a thoirt do'n anam.

C. Ce uaithe tha'm brigh aig na sacramaidean?

F. O thoillteanas Chriosd, a tha iad a cuir rir n' anamainean.

C. C'arson a bhitar a deanamh urrad do dh' uidheamachadh, mu'n cuairt do fhrithealadh na sacramaidean?

F. Gus ar crabadh 's ar n'urram a mheadachadh mu'n timchioll; agus gus an seadh 's am brigh a mhineachadh no dheanamh soilleir.

C. Co lion sacramaid ann?

F. Seachd; Baisteadh, Daingneachadh. Corp Chriosd, Faosid, Ola ro'n bhas, Ordugh Naomh agus Posadh.

C. Ciod e'm Baisteadh?

F. Sacramaid a tha g'ar glanadh o'n pheacadh ghin, a deanamh chriosd 'nean dhinn, clann do Dhia 's do'n Eaglais, agus oighreachan dligheach air flathanas.

C. A bheil am baisteadh a nigheadh air falbh nam peacannan, a dh'fhaodadh a bhi ann ro'n bhaisteadh?

F. Tha; agus gach peanas a tha dligheach dhaibh.

C. A bheil am baisteadh riatanach gu sabhaladh?

F. Tha; agus gun' am baisteadh cha'n urrainn do neach a dhol a *stigh do rioghachdh Dhe.*—(Eoin iii. 5.)

C. Co aige a tha coir air baisteadh a thoirt seachad?

F. Aig buachailean na h-Eaglais, ach faodidh an cas na h-eigin, fear no te sam bith a dheanamh.

C. Ce mar a tha's a toirt seachad a bhaistidh ?

F. Le dortadh uisge air ceann na h-urra a tha's a baisteadh, 'sa gra, *Tha mi gad' bhaisteadh, 'an ainm an Athar, agus a' Mhic, agns a' Spioraid Naoimh.*—(Mata xxviii. 19.)

C. Ciod a tha sinn a gealltuinn anns a bhaisteadh ?

C. Cul a chuir ris an aibheisteir, ri uile obair 's ri uile uaill.

XXV. LEASAN.

Mu'n Daingneachadh.

C. Ciod e 'n daingneachadh ?

F. Sacramaid a tha gu'r neartachadh 'nar creideamh, 'sa deanamh chriosd'nean coimhlionta dhinn.

C. Ce mar tha 'n t-easbuig a toirt seachad na sacramaid so ?

F. Le carradh a lamh 's le urnuigh ; se sin, tha e sgaoileadh a lamhan os cionn na feadhnach, a tha e dol a dhaingneachadh, 'sa guidhe gu'n d'thigeadh an Spiorad Naomh a' nuas orra, agus 'an sin tha e cuir comharra' na crois, le ola naoimh, air clar-an-aodinn.

C. C'arson a bheir an t-easbuig leadag anns an leth-cheann, d'on fheadhainn a tha e daingneachadh ?

F. Gus a chuir 'nan cuimhne, gu bheil iad air a' neartachadh gus gach trioblaid fhulang, eadhon, am bas nam b'fheudar e, air son Chriosd.

C. A bheil e riatanach a bhi staid nan gras, gus an t-sacramaid so a ghabhail mar as coir ?

F. Tha ; agus bu choir do chloinn a thigeadh gu aois reusain, eolas a bhi aca air an teagasg Chriosd.

C. Ciod an t-uidheamachadh araid bu choir do

neach a dheanamh, air son sacramaid an daingneachaidh?

F. Eisdeachd ghlan a dheanamh, agus guidhe air Dia le durachd, gu'n cuireadh e nuas a Spiorad Naomh air

C. Ciod e do bharail orra-san, a tha gabhail na sacramaid so anu a staid peacai' bais?

F. Nach'eil iad a faotinn buannachd sam bith uaithe, ach an aite sin, a peacachadh na's truime, 'sa dublachadh an ciontan.

C. Ciod iad na grasan a tha neach a faotinn le sacramaid an daingneachaidh?

F. Seachd tiodhlaicean a' Spioraid Naoimh.

C. Abair seachd tiodhlaican a Spiorad Naoimh?

F. Gliocas, tuigse, comhairle, neart, colas, diadhachd, agus eagal an Tighearna.

C. Ciod a tha sinn a gealtain le sacramaid an daingneachaidh?

F. Gu'n aidich agus nach aichea' sinn air chor sam bith ar creideamh, agus mar dhea' shaighdeiran Chriosd, *gu'm bi sinn dileas dha gu bas.* —(Tais ii. 10.)

C. A bheil e 'na pheacadh trom dearmad a dheanamh air sacramaid an daingneachaidh?

F. Tha; gu h-araid 'nuair a bhios ar creideamh 's ar deadh-bhens 'an cunnart fulang o bhuaireadh 'so ainneart an t-saoghail.

XXVI. LEASAN.

Mu Shacramaid Chuirp Chriosd.

C. Ciod e sacramaid Chuirp Chriosd?

F. Sacramaid anns a bheil Iosa Criosd a lathair, eadar fhuil agus fheoil, anam agus chorp, dhiadhachd agus dhaondachd, fo choltas arain agus fion.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le coltas arain agus fion?

F. Gu bheil coltas, blas, agus dath an arain

agus an fhion a fuireach, an deigh dhaibh a bhi air an atharruchadh gu corp agus gu fuil Chriosd.

C. A bheil an da chuid, corp agus fuil Chriosd a lathair, fo choltas arain agus fo choltas fion?

F. Tha; tha Criosd a lathair gu buileach agus gu h-iomlan, fior Dhia agus fior dhuine, fo riochd an darn' aon no 'n aon eile.

C. A feum sinn a chreidsinn gu bheil Dia na gloire a lathair, fo choltas air biadh latheil?

F. Feumaidh; mar a dh' fheumas sinn a chreidsinn gu'n d'fhuilig a' cheart Dia gloirmhor sin bas air a chrois, fo choltas peacaich.

C. Ce mar as urrainn an t-aran agus a fion a bhi air an tionndadh gu corp agus gu fuil Chriosd?

F. Le mathas agus le cumhachd Dhe, *dha nach 'eil ni sam bith do-chomasach.*—(Lucas i. 37.)

C. A bheil sinn cinnteach gu'n d' atharruich Criosd, aran agus fion gu chorp agus gu fhuil?

F. Tha; o na briathran a labhair Criosd, 'nuair a shuidhich e 'n t-sacramaid aig a shuipeir dheireannach?

C. Ciod na briathran a labhair Criosd, 'nuair a shuidhich e 'n t-sacramaid?

F. *Se so mo Chorp: Si so m' Fhuil.*—(Mata xxvi. 26.)

C. An d'thug Criosd cumhachd do shagairt na h-eaglais, aran agus fion a thionndadh gu chorp agus gu fhuil?

F. Thug; 'nuair a thuirt e ris na h-ostail aig a shuipeir dheireannach: *Dianamh so 'an cuimhneachan ormsa.*—(Lucas xxii. 19.)

C. C'arson a thug Chriosd cumhachd cho ard so, do shagairt na h-eaglais?

F. Gus gu'm biodh aig na creidich anns gach am, a's anns gach aite, an iobairt a b'fhior ghloine gu thairgse dha n' Athair neamhuidh, agus an lon a b'urramaiche gu beathachadh an anamainean.

C. Ciod e iobairt?

F. An gniomh aoridh as airde, agus as urramaiche a bhuineas do sheirbheis De, leis a bheil sinn ag aideachadh ard-uachd'ranachd Dhia thairis oirnn; agus ar lan neon'eachd 'na fhiannis.

C. Ciod e iobairt an Lagh Nuadh?

F. An Aifrionn.

C. Ciod e 'n Aifrionn?

F. Iobairt Chuirp agus fala Chriosd, a tha gu firinneach a lathair fo riochd arain agus fion, agus air an tairgse suas do Dhia, leis an t-sagart air son bheo agus mhairbh.

C. An ionnan iobairt na h-Aifrionn agus iobairt na crois?

F. S'ionnan; se 'n aon iobairt a th' ann.

C. Ce mar a se 'n aon iobairt a th' ann?

F. A chionn gu'r e cheart Chriosd a thairg e fhein suas na iobairt fhuilteach do'n Athair, a the ga thairgse fhein ann an doigh neo-fhuilteach air ar n'altairean, le lamh na sagart.

C. An robh iobairt na h-Aifrionn air a tairgse 'san t-seann Lagh?

F. Cha robh; bha iobairt cho urramach so, air a gleidheadh a feitheamh air an Lagh Nuadh, a bha gu samhlainean an t-Seann Lagha a cholionadh, agus gu iomlaineachd a thoirt do chreideamh.

C. Ciod an t-am dhe 'n Aifrionn, aig a bheil an t-aran agus a' fion air an atharruchadh gu corp agus gu fuil Chriosd?

F. Aig am briathran a choisrigidh.

C. Co leis a tha 'n t-atharrachadh so, air a thoirt as an aran agus as an fhion?

F. Leis an t-sagart; se sin, le cumhachd briathran Chriosd 'am pearsa an t-sagairt, a tha seasamh 'an ionad Chriosd aig am a choisrigi'.

C. Ciod am beachd leis a bheilas a tairgse suas iobairt na h-Aifrionn?

F. Gu gloir a's onair a thoirt do Dhia, gu

taing a thoirt da air son a thiodhlacan, gu faotinn mathanas pheacannan, agus grasan 's beannachadh a chosnadh dhuinn, air sgath Iosa Criosd.

C. A bheilas a tairgse Iobairt na h-Aifrionn le beachd sam bith eile ?

F. Tha: gu iobairt Chriosd air a chrois, a thoirt go'r cuimhne 'sa chumail air aghart. Tha Criosd ag ra, *Deanamh so, 'an cuimhneachan ormsa.*—(1 Cor. xi.)

C. Ce mar bu choir dhuinn Aifrionn eisdeach ?

F. Bu choir dhuinn gach smaointein shaoghalta fhuadach o'r n' inntinn, sinn fhein a chumail a' staid fhreagarrach do naomhachd na lathair, agus a bhi modhail crabhach 'nar giulan.

C. Ciod an doigh a's fhearr gu Aifrionn eisdeachd ?

F. A tairgse suas do Dhia, maille ris an t-sagart, leis a cheart bheachd mu bheilas ga tairgse, a meorachadh air bas agus fulangas ar Slanair, agus comaine ghabhail.

XXVII. LEASAN.

Mu Chomaine agus Foasid.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le comaine ?

F. Sacramaid Chuirp Chriosd a ghabhail.

C. A bheil e air a chomhairleachadh dhuinn comaine a ghabhail tric ?

F. Tha ; a chionn cha 'n 'eil ni sam bith, as mo a chuidicheas sinn go'r caithe-beatha a naomhbhachadh, oir tha Criosd ag ra, *Esan a dh'icheas an t-aran so, bithidh e beo gu siorruidh.*—(Eoin vi. 59.)

C. Ciod an t-uidheamachadh a tha ri dheanamh ro' ghabhail comaine ?

F. Sinn a bhi staid nan gras, air ar lionadh le creideamh, air ar beothachadh le dochas, agus air ar lasadh le gradh.

C. Ciod e bhi staid nan gras ?

F. A bhi, sa char as lagha, saor o pheaca' bais.

C. Ce mar a bhios sin air ar lionadh le creideamh?

F. Creidsinn gu daingean gu'n e Iosa Criosd fhein, a tha lathair anns an t-sacramaid, fior Dia agus fior dhuine, fhior fheoil agus fhior fhuil, maille ri anam agus ri dhiadhachd.

C. Ce mar a bhios sinn air ar beothachadh le dochas?

F. Earbsa laidir. a bhi againn 'am mathas Chriosd, a thug o fhein dhuinn gu buileach ann an cuilm a graidh.

C. Agus ce mar a bhios sinn air ar lasadh le gradh?

F. Gaol air son gaoil a thoirt do Chriosd, agus sinn fhein a thoirt suas dha sheirbheis, le deothas ar cridhe, fad lathean ar beatha.

C. Ciod an tuilleadh uidheamachaidh, a tha comaine ag iarraidh?

F. A bhi 'nar trasg o mheadhain oiche, modhail agus iriseil 'nar giulan, glan agus sgiolta 'nar pearsuin; a feuchainn o'n leth a mach uile, an urram agus an onair bu mhath leinn a thoirt do'n t-sacramaid naoimh.

C. Ciod bu choir dhuinn a dheanamh an deigh comaine?

F. Roinne uine a bhuileachadh 'a' meorachadh 'san urnuigh, agus gu h-araid 'an gniomhan taingealachd.

A bheil e na pheacadh trom comaine a ghabhail a staid mhi-iomchuidh?

F. Tha; *Co sam bith a ghabhas i ann a' staid mhi-iomchuidh, bithidh e ciontach 'an corp agus a' fuil an Tighearna, agus tha e 'g iche 'sa 'g ol brethanas dha fhein, a chionn nach 'eil e toirt fa near Corp an Tighearna.*—(1 Cor. xi. 27, 29.)

C. Ciod e comaine ghabhail a' staid mhi-iomchaidh?

F. Sacramaid Chuirp Chriosd a ghabhail a staid peaca' bais.

C. Ciod bu choir do neach a dheanamh a bhiodh coireach 'am peaca' bais, ro' ghabhail comaine?

F. Mathanas fhaotinn le sacramaid na faosid.

C. Ciod e faosid?

F. Sacramaid leis a bheil sinn a faotinn mathanas 'sna peacannan a rinn sinn an deigh a a bhaistidh.

C. Ciod an cumhachd leis a bheil peacannan air a' mathadh?

F. Le cumhachd Dhe, a dh'fhag Criosd aig buachailean na h-eaglais.

C. C'uin a dh' fhag Criosd an cumhachd so aig buachailean na h-eaglais?

F. Dh' fhag e gu sonruichte e, 'nuair a thuirt e ris na h-ostail: *Gabhaise an Spiorad Naomh; ge be dha math sibh am peacannan, bithidh iad maithte dhaibh, agus ge be cheanglas sibh nam peacannan bithidh iad ceangailte annta.*—(Eoin xx. 22, 23.)

C. Ciod a th'againn ri dheanamh gu mathanas fhaotinn 'nar peacannan ann a' sacramaid na faosid?

F. Eisdeachd ghlan a dheanamh.

XXVIII. LEASAN.

Mu Fhaosid agus Laghadh-Eaglais.

C. Ciod an t-uidheamachadh a's fhearr gu faosid?

F. Sa chiad aite, grasan De shireadh le durachd gu faosid mhath a dheanamh. 2. Sinn fhein a ransachadh gu men air faintean De 's na h-eaglais; air na seachd cinn pheacaidh bhais, agus gu h-araid na peacannan as buailtiche da 'm b' 'eil sinn, 's na dleasnasan a bhuineas dha'r staid, los gu'm biodh fios againn 'de anns na pheacaich sinn, agus 'de cho tric, a' smaointein, a' facal, 'an gniomh no 'n dearmad. 3. Gniomh creideamh, dochais, agus carrantachd a dheanamh.

Agus, 4. Sinn fhein a ghluasad gu aithreachas firinneach air son ar peacannan.

C. Ciod e aithreachas ?

F. Bron spioradail air son ar peacannan, fuath agus grain a bhi againn orra, a chionn gu bheil iad mi-thaitneach le Dia, maille ri run laidir nach tuit sinn 'sa pheacadh tuilleadh.

C. Ce mar a ghluaiseas sinn sinn fhein gu aithreachas ?

F. A bhi smaoineachadh air ifrionn, air call fhlathanais, air ar mi-thaingealachd do Dhia, a tha cho math dhuinn, agus air an tair a tha air peacannan a toirt do Dhia, a tha cho mhath ann fhein.

C. A bheil aobhar sam bith eile ann, gu aithreachas a dhusgadh air son ar peacannan ?

F. Tha ; smaoineachadh gu'n d'fhuilig Mac De bas air son ar peacannan, agus gu bheil *sinne 'ga chensadh as ur*, cho tric 'sa pheacaicheas sinn na aghaidh.

C. Ciod an t-aobhar dhiu' so, as fhearr gu aithreachas a ghluasad ?

F. A bhi bronach air son ar peacannan, a chionn gu bheil iad mi-thaitneach le Dia, a tha uile-mhath ann fhein.

C. Ciod a th'againn ri dheanamh aig cathair na h-eisdeachd ?

F. Beannachd an t-sagairt iarraidh, an t-aideachadh a ghabhail, ar peacannan, innse', eisdeachd gu curamach ris na comhairlean a gheibh sinn, agus sinn a dh'urachadh ar n' aithreachais aig briathran an fhuasglaidh.

C. Ciod e do bharail orra-san a cheilas peaca' bais 'nan eisdeachd ?

F. Gu bheil iad ciontach ann am peacadh trom, *le briag innse' do'n Spiorad Naoimh ; agus 'an aite mathanas fhaotinn, sann a tha iad a cosnadh fearg Dhe na*'s *mo*.—(Gnio. vi.)

C. Ciod a th' aige-san ri dheanamh, nach do

ghabh saothair ri choinnseas a rannsachadh, no air nach robh aithreachas firinneach air son a pheacannan, no cheil ga dheoin peaca' bais na eisdeachd ?

F. Feumaidh e aithreachas firinneach a ghabhail, agus eisdeachd a dheanamh as ur.

C. Ciod an comharradh as cinntiche a bhios againn, gu'n robh ar n' eisdeachd math, agus gun robh aithreachas firinneach oirnn air son ar peacannan ?

F. Sinn a dh'atharrachadh ar caithe-beatha agus fas na's diadhaidh'.

C. Ciod bu choir dhuinn a dheanamh 'an deigh ar n' eisdeachd ?

F. Taing a thoirt do Dhia, agus dichioll a dheanamh air ar brethanas-aithrich a cholionadh.

C. Ciod a tha thu tuigsinn le brethanas-aithrich ?

F. Urnuigh agus oibrichean matha eile, a chuireas ar n' athair-eisdeachd mar coinneamh, air son ar peacannan.

C. A fodhainn daonnan am brethanas-aithrich a chuireas ar n' athair-eisdeachd oirnn ?

F. Cha'n fhodhainn ; ach 'de sam bith a bhios a dh'uireasadh ann, faodidh e bhi air a dheanamh suas le laghadh-eaglais, agus le'r n'oibrichean fhein.

C. Ciod tha'n eaglais a teagasg a thaobh laghadh-eaglais ?

F. Gu'n d'fhag Criosd cumhachd aig eaglais laghadh a thoirt seachad ; agus gu bheil e ro fheumail dò chriosd'nean.

C. Ciod a feum a th'ann a' laghadh-eaglais.

F. Tha e mathadh a pheanais aimsireil, a tha Dia gu tric a leagail oirnn, agus a dh'fheumas sinn fhulang anns an t-saoghal-sa. no 'san athshaoghal mur d'theid a thoirt air falbh le laghadh, no le brethanas-aithrich, no oibrichean math eile.

C. A bheil comas aig an eaglais laghadh do'n t-seorsa sin a thoirt seachad?

F. Tha; Thuirt Criosd ris an Ostal Pheadar, *De sam bith a dh'fhuasglas d' thu air talamh bithidh e fuasgailte air neamh.*—(Mata xvi. 19; agus 2 Cor. iv. 10.)

C. Co iadsan a tha cosnadh laghadh-eaglais?

F. *Iadsan a mhain*, a tha staid nan gras, agus aig a bheil fior thoil an caithe-beatha a leasachadh, agus dioladh do cheartas De, le brethanasaithrich.

C. A ne mathadh pheacannan ro' laimh, no cead peacannan a dheanamh 'san am a tha ri tighinn, a tha ri thuigsinn le laghadh-eaglais?

F. Cha 'n e; cha mho a mhathas e peacannan a chaidh seachad; oir feumaidh am peacadh a bhi air a mhathadh, a thaobh a chionta, agus a pheanais shiorruidh a tha am peaca' bais a toilltein, le sacramaid na faosid, mu'n urrainn laghadh a bhi air a chosnadh.

C. C'arson a tha 'n eaglais a toirt laghadh seachad?

F. Gus ar laigse a chuideachadh, agus gu diannadh suas do cheartas De air son faillein ar brethanas-aithrich.

C. A nuair a tha 'n eaglais a toirt laghadh seachad, 'de tha i tairgse do Dhia 'an eiric ar laigse, agus faillein ar brethanais-aithrich, agus 'an dioladh air son ar peacannan?

F. Tha i tairgse ionmhas toillteanais fala Chriosd, maille ri toillteanais na h-Oighe Beannaichte a Mhathair, agus na naomh uile.

C. Ciod na cumhnantan a tha, mar as tric, feumail gu laghadh a chosnabh?

F. Faosid mhath agus comaine, agus gu'n dearmad a dheanamh air na h-oibrichean, a tha'n eaglais a cuir mar coinneamh air a leitheid do dh'-aobhar.

C. Ciod na h-oibrichean matha eie, tha'n eag-

lais an conaidh a comhairleachadh dhuinn a chleachdadh, ga laghadh a chosnadh?

F. Urnuigh, Traisg, a's Deirc.

C. A bheil laghadh-eaglais na mheadhain gu sluagh fhagail na's diadhaidh?

F. Tha; agus air an aobhar sin, tha e ro fheumail gu'm partuicheadh sluagh ann.

XXIX. LEASAN.

Mu'n Ola Dheireannach, Ordugh Naomh agus Posadh.

C. Ciod e 'n ola dheireannach?

F. Sacramaid a tha ga'r neartachadh 'an aghaidh an-dochais 'an cath-spairn a bhais, a glanadh an anama o fhuighleach pheacannan, a toirt misneach do'n anam 'an am treigsinn na colunn, 'sa toirt slainte don' choluinn 'nuair a chi Dia sin iomchuidh do'n anam.

C. Co 'n fheadhaim a tha faotinn na h-ola dheireannach?

F. Iadsan mhain, a bhios 'an cunnart bais le tinneas nadarra.

C. Ce mar bu choir do dhuine e fhein uidheamachadh, air son sacramaid na h-ola dheirannach?

F. Deadh eisdeachd a dheanamh, a bhi fior bhronach airson a pheacannan, agus striochdta do thoil De, 'san am a tha e faotinn na sacramaid.

C. Co iadsan a th'air an orduchadh gus an t-sacramaid so a thoirt seachad?

F. *Sagairt na h-eaglais*, mar tha'n t-ostal seumas a feuchainn.—(Seum. v. 14, 15.)

C. Ciod e Ordugh Naomh?

F. Sacramaid leis a bheil an luchd eaglais ga'n coisrigeadh, 'sa faotinn comas agus ghrasan gus an driachd fo's leth a cholionadh.—(Phil. i. 1.)

C. Ciod e Posadh?

F. Sacramaid a tha toirt ghrasan do'n charaid phosda, gu beatha naomh a chaithe cuideachd,

agus sliochd a thogail 'an gaol 's an eagal De.—(Mata xix. 6.)

C. A bheil iadsan a tha posadh a' staid peaca' bais, a' faotinn ghrasan o'n t-sacramaid ?

F. Cha'n'eil ; ach tha iad coireach ann am peacadh trom, le sacramaid cho naomh so a thruailleadh, agus an aite beannachd 'sann tha iad a faotinn mollachd.—(Ephes. v. 23.)

C. Ciod bu choir do dh'fheadhainn a dheanamh, gu sacramaid a phosaidh a ghabhail a' staid iomchuidh ?

F. Deadh fhaosid a dheanamh, agus guidhe gu dian air Dia, gu'n d'thugadh e dhaibh beachd glan, agus gu'n stiuradh e iad 'san raoghainn a tha iad a dol a dheanamh.

C. Am bu choir do chloinn an comhairle a chuir ri'm parantan, 'nuair a bhiodh iad a dol a phosadh ?

F. Bu choir ; agus a bhi air an comhairleachadh leo, a reir creideamh agus reusan ; bu choir dhaibh cuideachd, fios a thoirt da'm pears'-eaglais ann an am.

C. Ciod as reusan gu bheil cho liuthad posadh a tionndadh a mach mi-shona ?

F. A chionn gu bheil moran ga'n ceangal fhein 'san staid sin, le beachd nach fhiach, agus le droch cogais, air an aobhar sin, cha 'n 'eil Dia a toirt a bheannachd air am posadh.

C. An gabh snaim a phosaidh fuasgladh ?

F. Cha ghabh, ach le bas an fhir no na mna.—(Rom vii. ; 1 Cor. vii.)

C. A faod na sacramaidean a bhi air an ghabhail na's tric na aon uair ?

F. Faodidh iad uile, ach baisteadh, daingneachadh, agus ordugh naomh.

C. C'arson nach faod iad so, a bhi air an ghabhail na's tric na aon uair ?

F. A chionn gu bheil gach aon diu so, a fagail

comharradh spioradail 'san anam, nach caill e gu siorruidh.

C. Ciod na sacramaidean as ro-fheumail dhuinn?

F. Sacramaid a bhaistidh agus sacramaid na faosid.

C. C'arson a dh'orduich Criosd na sacramaidean?

F. Gu naomhachadh ar n' anamainean, agus gus ar n' uidheamachadh air son aiseirigh shona agus ghloirmhor.

XXX. LEASAN.

Mu Latha Bhrethanais.

C. Ciod tha aiseirigh na colunn a ciallachadh?

F. Gu'n eirich sinn a rithisd air an latha fo dheireach, leis na coluinnean ceudna, a bh' againn, air an t-saoghal-so.

C. Ciod a tha thu tuigsinn leis an latha fo dheireadh?

F. Latha mor a bhrethanais: *'Nuair a dh' fheum-as sinn uile nochdadh a' fianuis Cathair bhrethanais Chriosd, agus a' sin bheir e do gach neach a reir a thoillteanais.*—(2 Cor. v. 10; Mata xvi. 27.)

C. An eirich ar coluinnean ceangailte ri'r n' anamainean?

F. Eiridh, an darna cuid, gu partuchadh ann a' solas, no ann an dolas siorruidh an anama.

C. Ciod an staid anns an eirich coluinnean na muinntir bheannaichte?

F. Gloirmhor agus neo-bhas'or.

C. Ce mar a dh'eireas coluinnean na muinntir mhollaichte?

F. Eiridh iad neo-bhas'or, gu bhi feasda beo, ann a' lasruichean siorruidh.

C. Ciod an doigh anns an d'thig Criosd a thoirt breth oirnn?

F. Thig e *air neoil neamh, le cumhachd agus*

le gloir ro-mhor, agus bithidh na h-aingeil uile maille ris.—(Mata xxiv, agus xxv.)

C. O'n gheibh gach neach breth a thoirt air aig uair a bhais, 'de feum a thair 'air brethanas deireannach?

F. Los gu' faodadh freasdal De, a tha gle thric, a ceadachadh 'san t-saoghal-sa, gu' fuiligeadh an duine math, agus gu'n cinneadh leis an aingidh, a bhi air aideachadh ceart a' fiannis a chinne-dhaonda.

C. Ciod a their Criosd ris a mhuinntir bheannaichte air latha brethanais?

F. *Thigeadh sibhse a mhuinntir bheannaichte, gabhaibh seilbh air an rioghachd a chaidh uidheamachadh air ar son.*—(Mata xx 34.)

C. Ciod a their e ris a mhuinntir mhollaichte?

F. *Gabhaibh'uam a mhuinntir mhollaichte, gu teine siorruidh a chaidh uidheamachadh air son an diabhail 'sa chuid aingeal.*—(Mata xxv. 41.)

C. C'aite a feum a mhuinntir mhollaichte a dhol aig latha bhrethanais?

F. Theid iad eadar anam agus cholunn gu pian shiorraidh.

C. C'aite an d'theid a mhuinntir bheannaichte?

F. Theid iad le coluinnean gloirmhor agus neobhas'or gu beatha shiorruidh.—(Mata xxx.)

C. Ciod a tha thu tuigsinn leis a bheatha shiorr-uidh?

F. Ma's e 's gu'm bith sinn dileas do Dhia anns a bheath-sa, bithidh sinn sona maille ris gu siorruidh ann a' flathanas.

C. Ciod e solas fhlathanas?

F. Dia fhaicinn, a ghloireachadh, agus a shealbhachadh ann a' rioghachd a ghloir fad na siorr'achd.

C. Ciod tha facal. Amen, a ciallachadh?

F. Biodh e mar sin.

PEACANNAN SUBHAILCEAN, &c., &c.

Abair na seach sinn pheacaidh bhais ?

1—Uabhar	Na seachd sabhail-cean a chlaoidheas iad.	1—Umhlachd
2—Sannt		2—Fialachd
3—Druis		3—Geimn'eachd
4—Craos		4—Measarrachd
5—Leisg		5—Iasgachd
6—Farmad agus		6—Carrantachd agus
7—Leisg		7—Faighidin

C. Abair na ceitheir Freumh Shubhailcean ?

F. 1, Gliocas. 2, Ceartas. 3, Neart. 4, 'a S Measarrachd.

C. Abair na tri subhailcean diadhaidh ?

F. 1, Creideamh. 2, Dochas. 3, agus carrantachd.

C. Abair na ceitheir peacannan, a tha 'g eigheachd diughaltas o fhlathanas ?

F. 1, Mort. 2, Peacadh Shodom. 3, Ainneart ain daoine bochda. 4, 'S an tuarasdal a chumail o chosnaich.

C. Abair na sia peacannan tha 'n aghaidh a' Spioraid Naoimh.

1—An-dochais an trocair Dhe.

2—Danadas air trocair Dhe.

3—Cuir an aghaidh na fior fhirinn.

4—Farmad ri Math spioradail an atharraich.

5—Rag-Leanmhuinn air staid pheacach.

6—'S neo-aithreachais bais.

C. Abair na naoidh doighean, 'sa faod neach a bhi ciontach 'am peacadh duine eile ?

1—Le aithne.

2—Le aonta.

3—Le cuideachadh.

4—Le comhairle.

5—Le brosgal.

6—Le gabhail pairt.
7—Le cleth.
8—Le fuireach samhach.
9—'Sle dion an uilc.

C. Abair seachd tiodhlacan a' Spiorad Naomhi?
1- Gliocas.
2—Tuigse.
3—Comhairle.
4—Neart.
5—Eolas.
6—Diadhachd.
7—'S eagal an Tighearna.

C.—Abair da thoradh dhiug a Spioraid Naoimh?
1—Carrantachd.
2—Aoibhneas.
3—Sith.
4—Faighidin.
5—Fad-fhulangas.
6—Mathas.
7—Fialachd.
8—Caoimhneas
9—Firinn.
10—Stuaimeachd.
11—Measarrachd.
12—Geimn'eachd.

C.—Abair seachd oibrichean spioradaail na trocaire?
1—Am peacach a chronaehadh.
2—An t-aineolach a sheoladh.
3—An t-eagmhach a chomhairleachadh.
4—Misneach don' bhronach.
5—Gach eucoir a ghiulan le faighidin.
6—Mathanas a thoirt 'san eucoir.
7—Guidhe air son bheo agus mairbh.

C.—Abair seachad oibrichean chorporra na trocair?
1—Biadh do'n acrach.

2—Deoch don' phaiteach.
3—Aodach do'n nochd.
4—Fardach do'n deori.
5—Dol a shealltuinn air priosanaich,
6—'Sair daoine tinn.
7—'Sna mairbh adhlacadh.

C. Abair na h-ochd seorsa dhaoine beannaichte?

1—Iadsan a tha bochd 'na spiorad o'n 's leo rioghachd Dhe.

2—Na daoine ciuin o'n gheibh iad seilbh air an talamh.

3—Luchd a bhroin o'n gheibh iad solas.

4—An fheadhainn air a bheil acras a's pathadh a cheartais on gheibh iad a riarachadh.

5—Na daoine trocaireach o'n gheibh iad trocair.

6—Luchd a cridhe ghlain o'n chi iad Dia.

7—Luchd dheanamh na sithe, o'n ghairmear clann De dhia.

8—An fheadhainn a dh'fhuiligeas geur-leanmhuinn air son a cheartais o'n 's leo rioghachd Dhe.

C. Abair tri iuchraichean fhlathanais?

F. Urnuigh, traisg, a's deirc.

C. Abair tri chomhairlean an t-soisgeil?

F. Deoin - bhochduinn, gna - gheimn'eachd a's an-umhlachd.

C. Abair na ceitheir nichean deireannach?

F. Bas, Brethanas, ifrionn agus Flathanas.

FREAGAIRT NA H-AIFRIONN.

P. INTROIBO ad altare Dei.

C. Ad Deum qui lætificat juventutem meam.

P. Judica me Deus et discerne causam meam de gente non sancta, ab homine iniquo et dolosa crue me.

C. Quia tu es Deus, fortitudo mea, quare me repulisti et quare tristis incedo dum affligit me inimicus.

P. Emitte lucem tuam et veritatem tuam; ipsa me deduxerunt et adduxerunt in montem sanctum tuum, et in tabernacula tua.

C. Et introibo ad altare Dei, ad Deum qui lætificat juventutem meam.

P. Confitebor tibi in cithara Deus, Deus meus, Quare tristis es anima mea, et quare conturbas me.

C. Spera in Deo, quoniam adhuc confitebor illi, salutarem vultus mei et Deus meus.

P. Gloria Patri, et Filio. et Spiritui sancto.

C. Sicut erat in principio, et nunc, et semper, et in sæcula sæculorum. Amen.

P. Introibo ad altare Dei.

C. Ad Deum, qui lætificat juventutem meam.

P. Adjutoriam nostrum in nomine Domini.

C. Qui fecit cœlum et terram.

P. Confiteor Deo, &c.

C. Misereatur tui omnipotens Deus. et dimissis peccatis tuis perducat te ad vitam æternam.

P. Amen.

C. Confiteor Deo omnipotenti, beatæ Mariæ semper Virgini, beato Michaeli Archangelo, beato Joanni Baptistæ, sanctis, Apostolis Petro et Paulo, omnibus sanctis, et tibi, Pater. quia peccavi nimis cogitatione, verbo et opere, mea culpa, mea culpa mea maxima culpa. Ideo precor beatam Mariam semper Virginem, beatum Michaelem

Archangelum, beatum Joannem Baptistam, sanctos Apostolos Petrum et Paulum, omnes sanctos, et te Pater, orare pro me ad Dominum Deum nostrum.

P. Misereatur vestri, &c.
C. Amen.
P. Indulgentiam, absolutionem, &c.
C. Amen.
P. Deus tu conversus vivificabis nos.
C. Et plebs tua lætabitur in te.
P. Ostende nobis Domine misericordiam tuam.
C. Et salutarem tuum da nobis.
P. Domine, exaudi orationem meam.
C. Et clamor meus ad te veniat.
P. Dominus vobiscum.
C. Et cum spiritu tuo.
P. Kyrie eleison.
C. Kyrie eleison.
P. Kyrie eleison.
C. Christe eleison.
P. Christe eleison.
C. Christe eleison.
P. Kyrie eleison.
C. Kyrie eleison.
P. Kyrie eleison.
P. Dominus vobiscum, *or* flectamus genua.
C. Et cum spiritu tuo, *or* levate.
P. Per omnia sæcula sæculorum.
C. Amen.

At the end of the Epistle say, Deo gratis.

P. Sequentia sancti Evangelii, &c.
C. Gloria tibi Domine.

At the end of the Gospel, say,
Laus tibi Christe.

P. Dominus vobiscum.
C. Et cum spirituo tuo.
P. Orate Fratres.
C. Suscipiat Dominus sacrificium de manibus tuis; ad laudem et gloriam nominis sui; ad uti-

litatem quoque nostram totiusque Ecclesiæ suæ sanctæ.

P. Per omnia sæcula sæculorum.
C. Amen.
P. Snrsum corda.
C Habemus ad Dominum.
P. Gratias agamus Domino Deo nostro.
C. Dignum et justum est.
P. Per omnia sæcula sæculorum.
C. Amen.
P. Et ne nos inducas in tentationem.
C. Sed libera nos a malo.
P. Per omnia sæculo sæculorum.
C. Amen.
P. Pax Domini semper vobiscum.
C. Et cum spiritu tuo.
P. Dominus vobiscum.
C. Et cum spiritu tuo.
P. Per omnia sæculo sæculorum.
C. Amen.
P. Ite missa est, *or* benedicamus Domine.
C. Deo gratias.
P. Requiescant in pace.
C. Amen.

Pro Fidelibus Defunctis.

P. De profundis clamavi ad te Domine; Domine exaudi vocem meam.

C. Fiant aures tuæ intendentes in vocem deprecationis meæ.

P. Si iniquitates observaveris, Domine, Domiue, quis sustinebit?

C. Quia apud te propitatio est: et propter legem tuam sustinui te Domine.

P. Sustinuit anima mea in verbo ejus; speravit anima mea in Domino.

C. A custodia matutina usque ad noctem speret Israel in Domino.

P. Quia apud Dominum misericordia, et copiosa apud eam Redemptio.

C. Et ipse redimit Isræl ex omnibus iniquitatibus ejus.
P. Requiem æternam dona eis domine.
C. Et lux perpetua luceat eis.
P. A porta inferi.
C. Erue Domine animas eorum.
P. Requiescant in pace.
C. Amen.
P. Domine exaudi orationem meam.
C. Et clamor meus ad te veniat.
P. Dominis vobiscum.
C. Et cum spiritu tuo.